



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

## **Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba PLANA GÀIDHLIG**

**Chaidh am plana seo a chur ri chèile fo Earrann 3  
de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh  
aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 5 Màrt 2013.**

**BÒRD NA  
GÀIDHLIG**





## Facal-toisich leis an Oifigear Riaghlaidh

Tha mi toilichte an dàrna cuairt den Phlana Gàidhlig aig Buidheann Chorporra Phàrlamaid na h-Alba a chur fa bhur comhair, a tha a' cur nan gnìomhan a tha fainear dhuinn eadar an Cèitean 2013 agus an Giblean 2018 an cèill.

Mar a' chiad chuairt den Phlana Gàidhlig againn, a bha a' nochdadh nan gnìomhan a bha againn eadar an Cèitean 2008 agus an Giblean 2013, bidh seo a' cur dealas Buidheann Chorporra Phàrlamaid na h-Alba do Ghàidhlig agus don phrionnsabal gu bheil Gàidhlig airidh air spèis cho-ionnan ris a' Bheurla an cèill, mar a chithear ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Bidh Buidheann Chorporra Phàrlamaid na h-Alba (BCPA) a' toirt seachad an luchd-obrach, toglaichean agus seirbheisean a bhios a dhìth air Pàrlamaid na h-Alba gus an obair aice a choileanadh. Tha grunn sheirbheisean aig BCPA a bhios a' toirt cothrom Gàidhlig a chleachdadh do Bhuill agus don Phoball. Tha Poileasaidh Cànan aig BCPA a bhios a' nochdadh co-theacsa slàn ar solarachaidh.

Le toirt a-steach a' chiad chuairt den Phlana Gàidhlig againn, thug BCPA a-steach gus cur ri inbhe agus faicsinneachd na Gàidhlig san obair aice. Mar phàirt dhiubh tha cleachdadh teicneolas, cothroman trànaidh, Gàidhlig a' nochdadh a thaobh fastadh agus toirt seachad sreath de sheirbheisean ruigsinn/com-pàirteachaidh.

Chaidh an dàrna cuairt den Phlana againn a dhealbhadh gus a bhith a' cur ris an t-sreath shoifistaigeach de sheirbheisean a bhios rim faighinn agus a bhith gam brosnachadh. Mar sin, bhithinn a' moladh gum bu chòir do gach neach aig a bheil Gàidhlig no a bhios ga h-ionnsachadh a bhith a' dèanamh feum de na cothroman seo a bhith ag ionnsachadh mu, no a' gabhail pàirt ann an obair Pàrlamaid na h-Alba tro mheadhan na Gàidhlig.

Fìor Urr. Tricia Marwick BPA  
An t-Oifigear Riaghlaidh

# Susbaint

<b>Geàrr-chunntas</b>		<b>5</b>
<b>Caibideil 1</b>	<b>Ro-ràdh</b>	<b>9</b>
	<ul style="list-style-type: none"><li>• Iomradh air an ùghdarras phoblach</li><li>• Gàidhlig ann an raon-obrach an ùghdarras</li><li>• Aonta ris a' Phlana Ghàidhlig againn</li></ul>	
<b>Caibideil 2</b>	<b>Prìomh Dhealasan</b>	<b>23</b>
	<ul style="list-style-type: none"><li>• Ìomhaigh</li><li>• Conaltradh</li><li>• Foillseachaidhean</li><li>• Luchd-obrach</li></ul>	
<b>Caibideil 3</b>	<b>Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig: A' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh</b>	<b>61</b>
	<ul style="list-style-type: none"><li>• Togail-cànain</li><li>• Cleachdadh-cànain</li><li>• Inbhe na Cànain</li><li>• Corpus na Cànain</li></ul>	
<b>Caibideil 4</b>	<b>Buileachadh agus Dearcnachadh</b>	<b>67</b>
<b>Fios Thugainn</b>		<b>71</b>

# Geàrr-chunntas





## Geàrr-chunntas

Tha Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (*Scottish Parliamentary Corporate Body* – BCPA) ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas na h-Alba, den dearbh-aithne nàiseanta is de bheatha chultarail na h-Alba. Tha BCPA air structaran is iomairtean iomchaidh a shuidheachadh gus a chur air chomas dhi cur ris an obair fharsaing a tha a' dol air adhart ann an Alba gus a dhèanamh cinnteach gum bi àite seasmhach aig a' Ghàidhlig anns an ùine air thoiseach.

Tha a' bhuidheann ag aithneachadh gu bheil feum air oidhirp còmhla le ùghdarrasan is eagrachaidhean, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- *inbhe na Gàidhlig àrdachadh;*
- *togail is ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;*
- *meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.*

Is e an sgrìobhainn seo an dara chuairt de Phlana Gàidhlig aig BCPA. Tha i a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a bheir sinn comas do chleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios sinn ann an conaltradh ris na Buill againn, ris a' phoball is ri com-pàirtichean bunaiteach, agus mar a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig is mar a chuireas sinn air adhart i.

Thathar air Plana Gàidhlig Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air a' *Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig* is an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

## Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is iad na mìrean as cudromaiche ann am Plana na Gàidhlig:

### *Caibideil 1 – Cur an aithne*

Tha a' chaibideil seo na dealbh de dh'eachdraidh is de shuidheachadh ullachadh nam Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus Structar nam prìomh raointean-obrach aig BCPA. Tha giorrachadh na broinn cuideachd air deamografaigs na Gàidhlig ann an sgìrean-obrach BCPA.

### *Caibideil 2 – Phrìomh Dhealasan*

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chleachdas is mar a bheir sinn comas do chleachdadh na Gàidhlig a thaobh nam prìomh dhleastanasan againn. Tha a' chaibideil seo a' socrachadh na *h-ìre bunasaich as lugha* de dh'ullachadh Gàidhlig a bhios sinn a' gealltainn a sholarachadh ann am beatha a' Phlana.

### *Caibideil 3 – Buaidh Poileasaidh air Gàidhlig: a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh*

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a chuidicheas BCPA gus *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a chur an gnìomh. Tha i cuideachd a' sealltainn mar a tha san amharc againn Gàidhlig a chur air adhart ann an ullachadh is libhrigeadh nan seirbheisean againn, leithid nan ceanglaichean ris a' phoball. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' gabhail beachd air mar a bheir sinn an aire don Ghàidhlig agus don Phlana Ghàidhlig againn agus poileasaidhean ùra gan cur ri chèile is ro-innleachdan ùra gam meòrachadh againn.

#### *Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh*

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a thèid cur-an-gnìomh a' Phlana Ghàidhlig againn a thoirt air adhart, agus mar a thèid cur-an-gnìomh is toraidhean a dhearcnachadh.

# Caibideil 1

## Ro-ràdh





# CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

## Stèidheachadh co-theacsa nam Planaichean Gàidhlig

*Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fios mu bhith a' cruthachadh plana*

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionnan ris a' Bheurla.

Aonan de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005, 's e an t-ullachadh gum faod Bòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh a chur ann gus a dhèanamh cinnteach gun dean an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a bhith ga cleachdadh.

*Co-chomhairleachadh air dreachd phlana Gàidhlig:*

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Rinn BCPA comhairle gu poblach mun dreachd den Phlana Ghàidhlig aige eadar 22 Sultain agus 4 Samhain 2012 agus tha i air meòrachadh a dhèanamh air na beachdan a fhuair i tro phròiseas a' cho-chomhairleachaidh.

*Aonta ri Plana Gàidhlig BCPA:*

Chaidh Plana Gàidhlig BCPA a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta air 17 Dùbhlachd 2012.

## Sealladh farsaing air obair BCPA agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh nan raointean-obrachaidh againn

*Cùl-fhiosrachadh mu BCPA*

Is e a tha ann am Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (BCPA) buidheann reachdail air a stèidheachadh fo Achd na h-Alba 1998 anns a bheil còignear bhall - An t-Oifigear Riaghlaidh, a tha mar chathraiche na buidhne, agus ceathrar Bhall air an taghadh leis a' Phàrlamaid. Tha Buill gan taghadh nan daoine air leth gus leas nam Ball uile a riochdachadh agus chan ann mar riochdairean phàrtaidhean.

Bheir BCPA seachad an luchd-obrach, na h-àiteachan-fuirich agus na seirbheisean a bhios a' Phàrlamaid ag iarraidh gus an obair aice a dhèanamh. Bidh i a' coinneachadh a h-uile cola-deug ann am prìobhaideachd agus bidh clàran-obrach, geàrr-chunntasan nan coinneamhan aice agus, nuair a tha e iomchaidh, na pàipearan air an deach beachd a ghabhail, gam foillseachadh air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba.

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, tha BCPA cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba agus thathar ga tomhas air caochladh dhòighean:

- Aithisg Bhliadhnail na buidhne
- Ceistean pàrlamaideach ann an sgrìobhadh
- Àm-ceasnachaidh BCPA (a thathar a' cumail anns an t-Seòmar-dheasbaid mu thrì tursan sa bhliadhna)
- Foillseachadh gheàrr-chunntasan is phàipearan.

Bidh a' Bhuidheann Chorporra a' beachdachadh is a' gabhail cho-dhùnaidhean mu iomadh ceist ceangailte ri rianachd na Pàrlamaid, nam measg maoineachadh na Pàrlamaid agus riarachadh a' bhuidseit, luchd-obrach na Pàrlamaid, agus cleachdadh is dìon goireasan toglaichean na Pàrlamaid ann an Taigh an Ròid.

Tha e na phrìomhachas cudromach leantainneach aig a' Bhuidhinn Chorporra agus an luchd-obrach aice a bhith a' dèanamh cinnteach gum faod Pàrlamaid na h-Alba obrachadh gu h-èifeachdach agus gu bheil na Buill comasach air an cuid dhleastanasan a choileanadh.

Tha BCPA stèidhichte ann an Dùn Èideann aig togalach Pàrlamaid na h-Alba - Taigh an Ròid. Tha an raon-ùghdarras againn a' toirt a-steach na h-Alba air fad seach gu bheil a' Bhuidheann Chorporra a' cur taice ri Pàrlamaid na h-Alba. Seo reachdas nàiseanta le Buill airson sgìrean is roinnean den Phàrlamaid air feadh na dùthcha, a tha gan taghadh le agus cunntachail do mhuinntir na h-Alba.

Tha BCPA ga comhairleachadh le sgioba-stiùiridh air a bheil a' Bhuidheann-ceannais. Is iad na h-amasan a tha aice taic is comhairle a chur ris a' Chlàrc/an Àrd-oifigear gus amasan is luachan na buidhne agus a cuid thàbhachdan ro-innleachdail a mhineachadh is a libhrigeadh agus ann an cruthachadh na ro-innleachd gus seo a thoirt gu buil. Bidh e cuideachd a' cur air chomas aig an ìre as àirde teòmachd is eòlas a sgapadh agus na beachdan aca a nochdadh a thaobh mar a bu chòir don bhuidhinn a bhith ga ruith, gach cuid an-dràsta agus le sùil air an ùine air thoiseach.

Tha BCPA a' fastadh 450 neach-obrach agus tha buidseat teachd-a-steach aice de £84.9m ann an 2012-13.

#### *An diofar eadar BCPA agus Pàrlamaid na h-Alba*

Tha na dleastanasan reachdail is eile aig Pàrlamaid na h-Alba air leth bho na dleastanasan-rianachd aig BCPA. Buinidh am Plana seo ri BCPA agus chan ann ri Pàrlamaid na h-Alba. Tha ullachadh mu chleachdadh na cànan ann an gnothach na Pàrlamaid anns na Gnàth-riaghailtean a tha rim faotainn air an lin aig <http://www.scottish.parliament.uk/parliamentarybusiness/26516.aspx>. Tha barrachd fiosrachaidh a thaobh mar a thèid seirbheisean a libhrigeadh ann am Poileasaidh-cànain BCPA, a tha ri fhaotainn aig:

<http://www.scottish.parliament.uk/help/1679.aspx>

### *Ullachadh an-dràsta do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig*

Mar thoradh air Seirbheis Ghàidhlig a bhith againn bho 2000, agus air an obair-leasachaidh a chaidh a thoirt gu buil fon chiad chuairt de Phlana Ghàidhlig aig BCPA (2008-2013), tha raon farsaing de sheirbheisean againn sa Ghàidhlig no a bhios a' cur air adhart follaiseachd na Gàidhlig. A bharrachd air a bhith a' nochdadh anns na h-earrannan mu Chleachdadh An-dràsta de na Rùintean Bunaiteach againn, tha geàrr-chunntas de na seirbheisean againn an seo:

- Tha stiùireadh poblach ri fhaotainn mu na seirbheisean-cànain a bhios BCPA a' toirt seachad agus mun t-Seirbheis Ghàidhlig
- Faodar Bilean fhoillseachadh sa Ghàidhlig le cead bho Cheann an t-Seòmair is nan Aithisgean
- Faodaidh Buill Gàidhlig a' cleachdadh ann an deasbadan le cead ro làimh bhon Oifigear Riaghlaidh no ann an Comataidhean le cead bhon Neach-ghairm
- Faodaidh neach sam bith a fhuair cuireadh bruidhinn air beulaibh na Pàrlamaid a leithid a dhèanamh ann an Gàidhlig le cead ro làimh bhon Oifigear Riaghlaidh
- Faodar molaidhean airson bhilean, ghluasadan, atharrachaidhean agus cheistean a chur a-steach le tionndadh Gàidhlig. Thèid an tionndadh fhoillseachadh leis an dreach Bheurla.
- Faodar aithisgean le Comataidhean fhoillseachadh ann an Gàidhlig le cead bho Cheann Comataidhean is Ruigsinn
- Faodar athchuingean poblach a chur a-steach ann an Gàidhlig agus cuiridh BCPA eadar-theangachadh air dòigh
- Faodaidh luchd-fianaise chomataidhean fianais a thoirt aig coinneamh ann an Gàidhlig le cead ro làimh bhon Neach-ghairm
- Tha modhan ann gus eadar-theangachadh den Aithisg Oifigeil a thoirt seachad nuair a bhios Gàidhlig ga cleachdadh le neach-fianaise Comataidh
- Tha gairmean airson fianais gam foillseachadh ann an Gàidhlig gus ceanglaichean ann an Gàidhlig le comataidhean a bhrosnachadh
- Faodar fianais sgrìobhte a chur a-steach ann an Gàidhlig mar fhreagairt air gairmean fianais
- Nuair a bhios Gàidhlig ga cleachdadh ann an deasbadan no comataidhean, bidh an teacs Gàidhlig a' nochdadh anns an Aithisg Oifigeil air thoiseach air an aithisg den eadar-mhìneachadh Bheurla
- Tha na dòighean teicneòlach againn a' ceadachadh cleachdadh chànanain ann an comataidhean is deasbadan tro shiostaman eadar-mhìneachaidh

- Bidh BCPA a' toirt seachad ghoireasan mar thaic ri Buill gus an cuid dhleastanasan a dheanamh mar Bhuill ann an sgìrean is roinnean. Tha seo a' toirt leis seirbheisean eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh, mar eisimpleir, airson conaltraidh no choinneamhan. Tha cothrom air comhairle bho luchd-obrach BCPA.
- Tha taic ga toirt seachad gus a chur air chomas Bhall agus oifigearan BCPA Gàidhlig a chleachdadh air adhbharan ceangailte ri gnothach na Pàrlamaid
- Tha ìomhaigh chorporra na buidhne san dà chànain agus bidh i a' nochdadh air raon farsaing de ghoireasan, nam measg
  - Litrichean-gnìomhachais
  - Teamplaidean dealanach
  - Èideadh is suaicheantais
  - Bathar is stuthan pasgaidh sa bhùth
  - Tiogaidean
  - Branndadh thachartasan
  - Branndadh thaisbeanaidhean
  - Làrach-lìn
  - Eadra-lìon
  - Sanasan is stuth-margaideachd, taisbeanaidhean is brataichean nam measg
  - Foillseachaidhean oifigeil
  - Foillseachaidhean-fiosrachaidh
  - Stuth-foghlaim
  - Obair-ealain airson DVDan
  - Bileagan
  - Sanasan
- Tha raon farsaing de ghoireasan-fiosrachaidh sa chlà is air an lìn ri fhaotainn ann an Gàidhlig, nam measg beagan fhoillseachaidhean dà-chànaineach.
- Tha cuid de dh'fhoillseachaidhean-fiosrachaidh ri fhaotainn ann an "Gàidhlig Shìmplidh" gus luchd-labhairt nach eil buileach cho fileanta is luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a dhol an sàs
- Tha Plana Gàidhlig na buidhne agus fiosrachadh mun t-Seirbheis Ghàidhlig gam foillseachadh anns an dà chànain
- Tha Aithisg Bhliadhnail na Pàrlamaid ga foillseachadh ann an Gàidhlig
- Tha raon farsaing de stuth-foghlaim ga fhoillseachadh ann an Gàidhlig, nam measg geamannan is goireasan eadar-ghnìomhach air an lìn

- Tha Gàidhlig ga cheachdadh san leabhar-iùil mu thogalach Thaigh an Ròid
- Tha beagan Gàidhlig ann an raon fhoillseachaidhean oifigeil is eile, leithid nan Gnàth-riaghailtean agus Còd-giùlain nam Ball, no ann an clàr an Fhosglaidh Oifigeil
- Bidh cluicheadairean Gàidhlig an sàs ann an tachartasan mòra leithid an Fhosglaidh Oifigeil
- Tha raon coileanta de dhuilleagan-lìn ga thoirt seachad ann an Gàidhlig
- Tha URL Gàidhlig ann airson ar làraich-lìn
- Thathar a' cur fàilte air conaltradh ann an sgrìobhadh ann an Gàidhlig agus a' toirt fhreagairtean ann an Gàidhlig a rèir nan ùineachan àbhaisteach (post, post-dealain is teacs)
- Tha “aithris-àichidh” san dà chànain ga chleachdadh leis an t-Seirbheis Ghàidhlig air post-dealain
- Tha teacs mun t-Seirbheis Ghàidhlig ga fhoillseachadh, anns an dà chànain, air a h-uile post-dealain a nochdas bho chunntasan BCPA
- Bidh feadhainn den luchd-obrach a' cur ainmean san dà chànain air post-dealain
- Faodaidh luchd-cleachdaidh fios a chur don Phàrlamaid le fòn ann an Gàidhlig
- Tha àireamh-fòn Seirbheis na Gàidhlig a' nochdadh anns a h-uile foillseachadh-fiosrachaidh
- Tha teachdaireachd fòn-freagairt anns an dà chànain aig an t-Seirbheis Ghàidhlig
- Tha modh ann gus fàilte a chur air luchd-labhairt Gàidhlig aig an ionad-fàilteachaidh
- Tha foirmichean rim faotainn ann an Gàidhlig agus faodar an cur a-steach ann an Gàidhlig, mar eisimpleir, gearanan, iarrtasan-obrach
- Faodar iarrtasan Saorsa Fiosrachaidh a chur a-steach ann an Gàidhlig
- Tha soidhneachan seasmhach is sealach anns an dà chànain ann an togalach Thaigh an Ròid
  - Soidhneachan air taobh a-muigh an togalaich
  - Soidhneachan san àrainn-fhàilteachaidh
  - Fiosrachadh luchd-tadhail agus soidhneachan fiosrachaidh phoblaich
  - Soidhneachan-iùil is soidhneachan ag ainmeachadh roinnean is oifisean air slighe an turais phoblaich taobh a-staigh an togalaich

- Soidhneachan airson lioftaichean, taighean-beaga, fònaichean poblach, goireasan-ithe
- Tha seiseanan-foghlaim air an taobh muigh gan libhrigeadh ann an Gàidhlig
- Tha tursan-iùil don Phoball is do na Buill rim faotainn ann an Gàidhlig
- Tha turas-claisneachd Gàidhlig ri fhaotainn do luchd-tadhail
- Tha lanyardan san dà chànan gan toirt don a h-uile duine a tha a' tadhal air togalach Thaigh an Ròid
- Bidh Latha Gàidhlig ga chumail le BCPA mar phàirt de phrògram nan tachartasan mòra againn a h-uile dara bliadhna
- Bidh BCPA a' cumail na cuairt mu dheireadh de Dheasbad Sgoiltean Gàidhlig BT mar thachartas le taic bho Bhuill (cho math ri cuirm don Bhuidheann Thar-phartaidh air Gàidhlig)
- Faodar eadar-mhìneachadh Gàidhlig a chur air dòigh aig coinneamhan is tachartasan air an cumail aig Taigh an ròid no ann an àiteachan eile
- Tha uidheam eadar-theangachadh mar aon a ghabhas giùlan ri fhaotainn mar chuideachadh ri ullachadh eadar-mhìneachaidh aig coinneamhan is tachartasan
- Tha Gàidhlig anns an taisbeanadh poblach mu Phàrlamaid na h-Alba
- Tha Gàidhlig anns an taisbeanadh-shiubhail a bhios a' tadhal air ionadan air feadh na h-Alba
- Tha na teacsaichean airson thaisbeanaidhean sealach rim faotainn anns a' Ghàidhlig
- Tha na panailean-mìneachaidh airson nan obraichean-ealain à cruinneachadh na Pàrlamaid, a tha air an taisbeanadh ann an togalach Thaigh an Ròid, anns a' Ghàidhlig
- Bidh tionnsgnaidhean gus ceanglaichean poblach a dhèanamh a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig, mar eisimpleir, an fharpais againn gus iomraidhean ùra fhaighinn airson an taisbeanadh air Balla a' Chanongate
- Tha fiosan naidheachd gan toirt seachad ann an Gàidhlig
- Tha neach-labhairt Gàidhlig ri fhaotainn do na meadhanan airson agallamhan
- Bithear a' sireadh chothroman gus gnothach na Pàrlamaid agus seirbheisean Gàidhlig na buidhne a chur air adhart
- Tha bloga agus sruth Twitter gam foillseachadh ann an Gàidhlig
- Tha Gàidhlig ann an cuid den stuth-mhargaideachd no thathar a' cruthachadh tionndaidhean Gàidhlig, mar eisimpleir, clàr Fèis Phoilitigs

- Tha trèanadh ann am mothachadh air Gàidhlig ri fhaotainn
- Tha cothrom air taic le cùrsaichean Gàidhlig aig an luchd-obrach
- Tha goireasan mar thaic ri ionnsachadh Gàidhlig rim faotainn ann an Ionad nan Goireasan Foghlaim; tha barrachd goireasan rim faotainn mar thaic ri obair Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
- Tha Gàidhlig an sàs ann an dòighean-obrach fastaidh; faodar iarrtasan a chur a-steach ann an Gàidhlig
- Tha stiùireadh ga thoirt do luchd-cunraidh a bheir seirbheisean eadar-mhìneachaidh is tionndaidh Ghàidhlig do BhCPA
- Bidh luchd-obrach BCPA a' gabhail pàirt ann an [Ainmean-àite na h-Alba](#) agus buidhnean Luchd-cleachdaidh nam Planaichean Gàidhlig.

Tha seo a' leigeil fhaicinn gu bheil BCPA dha-rìribh a' tairgse farsaingeachd sheirbheisean ann an Gàidhlig mar phàirt den obair aice bho latha gu latha mar thaic ri Buill, a' leasachadh an luchd-obrach againn agus a' dèanamh cheanglaichean ris a' phoball. Tha e san amharc cumail a' dol leis a' chleachdadh air fad a tha ann an-dràsta fo Phlana Gàidhlig na buidhne airson 2013-18.

### Gàidhlig ann an raon-obrach BCPA

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, buinidh raon-ùghdarras na buidhne ri Alba air fad. Mar sin dheth, tha luchd-labhairt is coimhearsnachdan Gàidhlig uile na h-Alba an taobh a-staigh an raoin sam bi a' bhuidheann ag obrachadh, nam measg na sgìrean air fad far a bheil daoine a thuigeas, a bhruidhneas, a leughas no a sgrìobhas Gàidhlig mar a' chuid as motha den t-sluagh.

### *Sluagh<sup>1</sup>*

Is e àireamh shlàn nan daoine a chaidh a chlàradh a bhith comasach air Gàidhlig a labhairt is/no a leughadh is/no a sgrìobhadh is/no a thuigsinn ann an cunntas-sluaigh 2001 92,400 (1.9% de shluagh na h-Alba). A-mach à seo, b' e àireamh shlàn nan daoine aig an robh comas labhairt sa Gàidhlig 58,652 (1.15% de Shluagh na h-Alba).

Ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sìos bhon chunntas-shluaigh mu dheireadh, thàinig àrdachadh air ìre nan daoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus cuideachd air Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh, suas eadar 1991 is 2001. Tha seo a' leigeil fhaicinn gun tàinig fàs air litreachd ann an Gàidhlig agus ìre nas motha de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Chaidh àireamh na cloinne aig aois 5 gu 15 a bhruidhneadh Gàidhlig am meud eadar 1991 agus 2001 cuideachd.

---

<sup>1</sup> Thathar air fiosrachadh mu àireamhan a thoirt bho aithisg na Gàidhlig ann an cunntas-sluaigh 2001, a tha ri fhaotainn air an lìn aig: [www.groscotland.gov.uk/census/censushm/scotcen/scotcen2/scotcen-gaelic/index.html](http://www.groscotland.gov.uk/census/censushm/scotcen/scotcen2/scotcen-gaelic/index.html). Chaidh àireamhan mu fhoghlam a thoirt bho: University of Strathclyde, Faculty of Education (2008). *Pupil Numbers in Gaelic Education 2007-08*, Glaschu: Oilthigh Shrath Chluaidh.

Tha luchd-labhairt na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba. A-mach à luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a chaidh a chomharrachadh ann an cunntas-sluaigh 2001, bha rud beag a bharrachd air an dara leth dhiubh a' fuireach ann an siorrachdan na Gàidhealtachd (sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Comhairle nan Eilean Siar) agus rud beag nas lugha na an dara leth ann an siorramachdan air a' Ghalltachd. Tha Gàidhlig ga bruidhinn leis a' chuid as motha de dhaoine ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar agus ann am paraiste Chille Mhoire san Eilean Sgitheanach ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd. Tha dìreach beagan a bharrachd air a' cheathramh chuid den luchd-labhairt a' fuireach ann an sgìrean far a' bheil luchd-labhairt na Gàidhlig mar a' chuid as motha.

Tha ìre àrd de bhailteachas am measg luchd-labhairt na Gàidhlig, le mòran de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a' fuireach ann am mòr-sgìre Ghlaschu, ann an Dùn Èideann, Inbhir Nis is Obar Dheathain. Mar eisimpleir, tha 11,211 de luchd-cleachdaidh Gàidhlig, no 19% de luchd-labhairt na Gàidhlig air fad, a' fuireach mu Ghlaschu a rèir cunntas-sluaigh 2001.<sup>2</sup>

Thathar an dùil gun tèid àireamhan ceangailte ris a' Ghàidhlig bho chunntas-sluaigh 2011 fhoillseachadh aig deireadh 2012 no toiseach 2013.

Chan eil aon àireamh stèidhichte don ìre de luchd-labhairt inbheach gun fhileantachd. Ach fhuair an sgrùdadh nàiseanta ann an 1995 le Iain Galloway às leth Chomann na Gàidhlig, a' bhuidheann-leasachaidh Ghàidhlig, gun robh mu 8,000 ann an Alba.<sup>3</sup>

Tha mu 3,500 de chlann-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an-dràsta, le 700 eile de chloinn ann an sgoiltean-àraich. Ann am foghlam tro mheadhan na Beurla bidh eadar 2,500 is 3,000 de luchd-ionnsachaidh a' dèanamh Gàidhlig mar chuspair àrd-sgoile a h-uile bliadhna eadar S1 is S6.<sup>4</sup> Bidh mòran cloinne ann am bun-sgoiltean Gàidhlig an sàs ann an sgeama na *Gàidhlig sa Bhun-sgoil* gach bliadhna: mu 6,500 de chloinn ann an seisean 2005/6 (is e seo na h-àireamhan as ùire a tha rim faotainn).

Tha am *Plana Nàiseanta Gàidhlig 2012-17* aig Bòrd na Gàidhlig a' suidheachadh bhuilean bunaitich airson àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig, mar a leanas:

### Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean

---

<sup>2</sup> Tha Mòr-sgìre Glaschu air a chomharrachadh an seo mar Chathair Ghlaschu, Siorrachd Lannraig a Tuath, Siorrachd Lannraig a Deas, Siorrachd Dhùn Breatann an Ear, Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, Siorrachd Rinn Friù, Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Inbhir Chluaidh.

<sup>3</sup> Galloway, John (1995). *Estimation of the Number and Distribution of Adult Learners of Gaelic: Final Report*. Inbhir Nis: Comunn na Gàidhlig.

<sup>4</sup> Ann an seisean 2011/12, bha 730 de chloinn a' frithealadh air na Cròileagain, bha 715 a' frithealadh 60 sgoiltean-àraich Ghàidhlig, bha 2418 de chloinn sna bun-sgoiltean a' faighinn oideachaidh tro mheadhan na Gàidhlig ann an 60 sgoiltean agus 1104 gan oideachadh ann an 35 àrd-sgoiltean. Bha 2643 de chlann-sgoile ann an clasaichean Gàidhlig ann an 32 de sgoiltean. Àireamhan air an toirt bho *Gaelic Education Data 2011-12, Collected for Bòrd na Gàidhlig by John M.K Galloway*.

- Àrdachadh air togail is cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga san dachaigh agus àireamhan air an àrdachadh den chloinn a' dol a-steach ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig.

#### Foghlam: Sgoiltean is Luchd-teagaisg

- Àrdachadh air àireamh na cloinne a tha a' dol a-steach gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTMG), a' dùblachadh na tha ann an-dràsta gu 800 ro 2017.
- Àrdachadh bliadhna bho bhliadhna air àireamh na cloinne an sàs ann am Foghlam luchd-ionnsachaidh Ghàidhlig an dà chuid sna bun-sgoiltean is sna h-àrd-sgoiltean.
- Cur ris a' chothrom air cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig sna h-àrd-sgoiltean.

#### Foghlam: Foghlam an dèidh na Sgoile

- Àrdachadh air àireamh nan inbheach a' togail na Gàidhlig às an àireamh iomlan a tha ann an-dràsta de mu 2,000 gu 3,000 ro 2017 agus sgilean-cànain air an leasachadh am measg fileantaich na Gàidhlig.

#### Coimhearsnachdan

- Barrachd chothroman do choimhearsnachdan is lìonraidhean Gàidhlig a cleachdadh agus barrachd cleachdaidh den chànan ann an gnìomhan is seirbheisean Gàidhlig.

#### Àite-obrach

- Cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach agus àrdachadh air cothroman-cosnaidh far a bheil feum air eòlas air a' Ghàidhlig gus libhrigeadh sheirbheisean a chur air chomas anns a' chànan.

#### Na h-Ealainean is na Meadhanan

- Leasachadh ealainean is meadhanan na Gàidhlig mar mheadhan gus a' chànan a chur air adhart, a' tàladh dhaoine ga ionnsaigh agus a' cur ris an rùn aca tro chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh, a chleachdadh agus a leasachadh.

#### Dualchas is Turasachd

- Ìomhaigh nas fheàrr don Ghàidhlig sna roinnean ri dualchas is turasachd agus barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig ann am mìneachadh eachdraidh is cultar na h-Alba.

## Corpus

- Co-òrdanachadh nan iomairtean a th' aig pàrtaidhean a tha an sàs ann an leasachadh corpus na Gàidhlig gus neart, buntainneachd, cunbhalachd is follaiseachd na Gàidhlig ann an Alba a leudachadh.

A dh'aindeoin àireamhan uile luchd-labhairt na Gàidhlig, faodar a bhith an dùil gun lean an trèand de bharrachd litireachd, àrdachadh air ìrean luchd-ionnsachaidh inbheach agus leudachadh air FTMG air adhart, rud a chruthaicheas barrachd iarrtais air seirbheisean.

## *Beachdan mun Ghàidhlig*<sup>5</sup>

Tha ùidh ann an Gàidhlig am measg mòran daoine aig nach eil Gàidhlig. Chaidh an treas rannsachadh mòr a thaobh àireamhan air beachdan mun Ghàidhlig a chumail air feadh na h-Alba ann an 2011 le TNS-BMRB airson Aonad-sgrùdaidh Cultair, Chùisean A-muigh agus Turasachd aig Riaghaltas na h-Alba ann an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig. Nochd an rannsachadh, ged a bha 87% den fheadhainn leis an deach agallamh a dhèanamh (1,009 uile-gu-lèir) gun eòlas idir air a' Ghàidhlig, dh'aontaich 81% gu bheil e "cudromach nach caill Alba an dualchas Gàidhlig aice", 78% gu bheil "Gàidhlig mar phàirt cudromach de chultar na h-Alba, 62% gum "bu chòir taic a chur ris a' Ghàidhlig agus a bhith ga brosnachadh air feadh na h-Alba" agus 65% "gum bu chòir barrachd a dhèanamh gus Gàidhlig a bhrosnachadh is a chur air adhart ann an Alba".

Ann am foghlam, dh'aontaich 86% "gum bu chòir do chlann-sgoile a tha ga iarraidh a bhith comasach air Gàidhlig a ghabhail mar chuspair anns an sgoil", 70% "gum bu chòir gum biodh barrachd chothroman ann Gàidhlig ionnsachadh air feadh na h-Alba" agus 63% "gum feumar Gàidhlig a chur air adhart barrachd ann am foghlam, agus gum bu chòir clann-sgoile a bhith air am brosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh".

## *Cùisean a' Bualadh air Gabhail ri Seirbheisean*

Duilgheadas mòr le seirbheisean Gàidhlig anns an fharsaingeachd, is e nach robh ach beagan de sheirbheisean poblach rim faighinn anns a' Ghàidhlig gu h-eachdraidheil, a' fàgail gu bheil ìre ìseal de dhùil aig luchd-labhairt na Gàidhlig gum bi e comasach dhaibh a' chànain a' cleachdadh a' dèiligeadh ri ùghdarrasan poblach. Gu tric, chan eil luchd-labhairt na Gàidhlig cleachdte ri cleachdadh sheirbheisean poblach tro mheadhan na Gàidhlig seach gu bheil a' chànain buailteach air a bhith air a cumail san àm a dh'fhalbh ris an dachaigh is ris a' choimhearsnachd agus air a cumail a-mach bho raointean aig ìrean nas àirde. Seach nach eil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith ann bho na 1980an, tha mòran daoine aig a bheil Gàidhlig bho dhùthchas nas cofhurtaile le leughadh, sgrìobhadh is bruidhinn gu poblach sa Bheurla seach sa Ghàidhlig. Tha luchd-labhairt gun an dùthchas sin, gu sònraichte luchd-ionnsachaidh inbheach, nas buailtiche, ge-tà, cothrom a ghabhail air seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig.

---

<sup>5</sup> *Public Attitudes to Gaelic: a comparison of surveys undertaken in 1981, 2003 and 2011*: Am Proifeasair Coinneach MacFhionghain

## *Seirbheisean BCPA agus gabhail riutha*

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, tha raon farsaing de sheirbheisean ga thairgse aig BCPA do luchd-labhairt na Gàidhlig mar-thà agus tha i air a bhith dripeil gan sanasachadh gus mothachadh is gabhail riutha a bhrosnachadh. Amas bunaiteach anns a' phlana seo, is e cur barrachd ri mothachadh is gabhail ri seirbheisean Gàidhlig. Bidh an obair seo air a cuideachadh le cruthachadh phlanaichean le buidhnean eile fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a dh'fhaodas cur ri mothachadh, gabhail ris agus dùil.

Gu ruige seo, tha àireamh bhrosnachail air gabhail ris na seirbheisean a bhios BCPA a' tairgse, gu sònraichte an làrach-lìn, foillseachaidhean agus seirbheisean airson nan sgoiltean. Is e am prìomh luchd-cleachdaidh a tha air a bhith ann gu ruige seo luchd-ionnsachaidh inbheach fileanta, sgoiltean Gàidhlig, buidhnean Gàidhlig agus luchd-dùthchais a tha an sàs ann am buidhnean Gàidhlig. Chan eil gabhail ris air a bhith cho brosnachail bho dhaoine aig a bheil Gàidhlig bho thùs nach eil an sàs ann am buidhnean Gàidhlig no ann an leasachadh Gàidhlig. Tha e mar rùn gum bi na ceuman sa phlana seo nam brosnachadh do raon nas fharsainge de dhaoine na seirbheisean Gàidhlig a thathar a' tairgse a' cleachdadh.

Tha ceistean is litrichean poblach gu BCPA ann an Gàidhlig buailteach gu mòr a bhith mu chùisean ceangailte ris a' Ghàidhlig fhèin gu ruige seo. Tha an leudachadh o chionn ghoirid air na meadhanan sòisealta le Pàrlamaid na h-Alba air cur ris na ceanglaichean aig luchd-labhairt Gàidhlig ris a' Phàrlamaid air cuspairean nach buin dìreach ris a' Ghàidhlig fhèin. Amas bunaiteach sa phlana, is e cur barrachd ris a' mhothachadh gum faod am poball Gàidhlig a chleachdadh gus cothrom fhaighinn air seirbheisean ceangailte ri cuspair sam bith.

Tha prìomh chomharran dèanadais gus ìre-cleachdaidh nan seirbheisean fa leth a mheasachadh air an stèidheachadh, no gu bhith air an stèidheachadh taobh a-staigh na cuairt seo den Phlana Gàidhlig. Thèid seo aithris do Bhòrd na Gàidhlig cho math ri daoine taobh a-staigh na buidhne.

### *Gàidhlig ann am BCPA*

Tha SPCB air luchd-obrach Gàidhlig fhadhadh bho 2000 gus a cuid sheirbheisean a libhrigeadh sa Ghàidhlig.

An-dràsta tha triùir luchd-obrach Gàidhlig ann an Seirbheisean Ruigsinn agus aonan ann an Seirbheisean Luchd-tadhail, a chleachdar an t-eòlas sònraichte sna dreuchdan aca (Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, Oifigear Seirbheisean Luchd-tadhail/Stiùiriche-thursan agus Oifigear Foghlaim).

Nì BCPA sgrùdadh mar phrìomh dhealas sa chiad bhliadhna den phlana seo (is e sin ron Chèitean 2014) gus cia mheud neach Gàidhlig a tha ann an-dràsta agus an ìre de dh'ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig a mheas. Cuidichidh seo ro-innleachd na buidhne a thaobh leasachadh luchd-obrach, mar a thathar a' mìneachadh ann an àite eile sa Phlana seo, bho 2015-16 air adhart.



## **Caibideil 2**

### **Prìomh Dhealasan**





## CAIBIDEIL 2 – PRÌOMH DHEALASAN

San *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig* reachdail aige, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gur h-e cruthachadh na h-àrainneachd cheart gus Gàidhlig a chleachdadh aonan de na mìrean as bunaitiche de dh'ùrachadh-cànain. Tha am Bòrd air ceithir raointean de libhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh a tha ag iarraidh gun cuir buidhnean poblach orra agus Planaichean Gàidhlig gan cur ri chèile aca. Airson plana BCPA, tha na prìomh ghnìomhan a tha co-cheangailte ri gach raon mar a leanas:

*Iomhaigh.*                    *iomhaigh chorporra*  
*soidhnichean*  
*litricean-gnìomhachais*  
*poileasaidhean is conaltradh air an taobh a-staigh*  
*taic ri gnothach na Pàrlamaid*  
*taic ri Buill*

*Conaltradh:*                *fàilteachadh*  
*fòn*  
*post is post-dealain*  
*foirmean*  
*modhan-obrach ghearan*  
*iarrtasan fo shaorsa an fhiosrachaidh*  
*foghlam is eadar-mhìneachadh*  
*tachartasan*  
*taisbeanaidhean*

*Foillseachaidhean:* *meadhanan*  
*dàimh phoblach is na meadhanan*  
*stuth ann an clò is air an lìn, nam measg film is riochdan eile*  
*làraichean-lìn*  
*meadhanan sòisealta*

*Luchd-obrach:*            *sgrùdadh air comas-cànain*  
*trèanadh*  
*ionnsachadh na cànain*  
*fastadh*  
*sanasachd*

Bheir na seirbheisean dà-chànanach air a bheilear a' toirt iomradh anns a' Phlana Ghàidhlig seo spèis co-ionnan don Ghàidhlig is don Bheurla nuair a thèid a thoirt a-staigh no ùrachadh.

## Earrann 1 - Ìomhaigh

### Prionnsapalan:

Le Gàidhlig san ìomhaigh chorporra agus ann an soidhneachan aig ùghdarras poblach, thathar a' cur gu mòr ri follaiseachd na cànan, ris an inbhe a tha aice agus a' cur an cèill mun luach a tha air a' Ghàidhlig agus mar a thathar ga h-àithneachadh. Ann a bhith a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig, faodar cur ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cuideachd, ris an aire a bheir am poball don chànan agus cuideachadh gus a leasachadh. Cuideachd, tha BCPA a' feuchainn ri cur ri follaiseachd na Gàidhlig agus ris an inbhe a tha aice le bhith ga toirt a-steach na cuid phoileasaidhean corporra agus conaltraidh air an taobh a-staigh

***Tha BCPA mothachail air cho cudromach is a tha e cur ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig.***

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifig	Raon-ama
<b><i>Ìomhaigh Chorporra;</i></b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Thug BCPA a-steach ìomhaigh chorporra, agus poileasaidh mun a bhith ga cleachdadh, ann an 2008 agus tha seo a' bualadh air a h-uile raon-obrach againn. Thathar air a' chuid as motha de nithean a bhrannadh leis an ìomhaigh san dà chànan agus thathar ga cleachdadh nuair a bhios nithean ùra gan coimiseanadh.			

<p><b>Priomh raointean-leasachaidh</b></p>	<p><i>Dèan sgrùdadh gus suidheachaidhean a chomharrachadh far a bheilear fhathast a' cleachdadh na h-ìomhaigh a bha aona-chànanach agus plana-gnìomha a aontachadh gus an tè ùr a thoirt a-steach san roinn-ghnìomhachais a tha an urra</i></p>	<p>Cleachdaidhean uile air an comharrachadh agus plana-gnìomha le cosgaisean air aontachadh mu ùine</p>	<p>Fiosrachadh agus Foillseachaidhean Poblach</p>	<p>Cuir crìoch air an sgrùdadh ron Chèitean 2014 Aontaich plana-gnìomha ron Dùbhlachd 2014 Cuir plana-gnìomha an gnìomh ron Dùbhlachd 2016</p>
	<p><i>Leasaich dòigh-obrach gus beachdachadh a dhèanamh air tionndaidhean Gàidhlig de shuaicheantas sam bith eile, mar eisimpleir, mar a chleachdar aig tachartasan mòra, ar phàirt den mhodh leasachaidh</i></p>	<p>Dòigh-obrach air a dheasachadh agus a cur an gnìomh.</p>	<p>Fiosrachadh agus Foillseachaidhean Poblach</p>	<p>Aontaich plana-gnìomha ron Dùbhlachd 2013 Cuir plana-gnìomha an gnìomh ron Dùbhlachd 2014</p>

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifig	Raon-ama
<b>Soidhnichean (air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh):</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha soidhneachan air a bhith aig BCPA anns an dà chànain air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh bho 1999 agus cumaidh i oirre leis an rùn seo. Fo Phlana na buidhne 2008 gu 2013, chaidh raon nan soidhneachan a leudachadh gus soidhneachan a chur sna h-àrainnean nach buin ris a' phoball. Nam measg seo tha na sgrìobhainnean an cois nan obraichean-ealain air an taisbeanadh. Thathar air gabhail ri modh gus soidhneachan seasmhach is sealach a chruthachadh. Tha soidhneachan gan cruthachadh a rèir co-ionannachd, mar eisimpleir, le bhith a' cleachdadh a' chlà cheudna airson na Gàidhlig agus na Beurla. Bidh na soidhneachan air fad a rèir Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cuir ri cleachdadh nan soidhneachan Gàidhlig / soidhneachan eile mar ùrachadh no gu tur às ùr</i>	Àireamh shanasan ùra air nochdadh	Rianachd Ghoireasan	Dol air Adhart
	<i>Comharraich soidhneachan a dh'fheumar toirt às bho nach eil iad a rèir co-ionannachd agus dèan obair le luchd-obrach eile gus feadhainn ùr a thoirt a-steach</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh  Ìre nan soidhneachan nach eil a' gèilleadh air a lùghdachadh	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Chèitean 2015  Dol air Adhart

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Litrichean-gnìomhachais:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Bidh an ìomhaigh chorpóra san dà chànain a' nochdadh air gach mìr air a chlà-bhualadh ro làimh, nam measg cinn-litrichean, bileagan-dhùrachdan, cèisean agus cairtean-gnìomhachais. Tha cairtean-gnìomhachais san dà chànain (fear air gach taobh) gan tairgse cuideachd. Bidh teamplaidean air an lìn a' cleachdadh ìomhaigh san dà chànain airson litrichean air an taobh a-staigh, meòrachain, clàran-obrach, geàrr-chunntasan choinneamhan, riochdachaidhean.			

<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Dèan am foirm-òrdugh air-loidhne airson cairtean-gnìomhachais san dà chànain nas fhasa a chleachdadh, mar eisimpleir, le fiosrachadh àbhaisteach ann an Gàidhlig air an teampalaid</i>		Rianachd Ghoireasan	
	<i>Bheir eadar-theangachadh do gach oifis is neach-obrach de dh'ainm na h-oifis is na h-obrach aca a ghabhas cleachdadh air cairtean-gnìomhachais agus goireasan eile</i>	Eadar-theangachaidhean air an crìochnachadh agus cuairteachadh  Sgrùdadh air gabhail ris	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Chèitean 2016  Bhon Ògmhios 2016 air adhart

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Poileasaidhean is conaltradh air an taobh a-staigh:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha oifis Seirbheisean Ruigsinn a' rianachd Plana Gàidhlig na buidhne agus is i a tha an urra ri bhith ga chur an gnìomh, ag obair le oifisean eile. Ann am plana-oifis bliadhnail Seirbheisean Ruigsinn tha cinn-chriche mu leasachadh Gàidhlig. Tha Gàidhlig mar phàirt de Phoileasaidh-cànain BCPA.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Faighnich de dh'oifisean far an toireadh Gàidhlig a' bhuidheann bu mhotha agus beachd a ghabhail air amasan mu thaic ri Gàidhlig no a bhith ga chruthachadh anns na planaichean-oifis bliadhnail aca</i>	Tha amasan ann am planaichean-oifis nan raointean-gnìomhachais as motha air an toireadh Gàidhlig buaidh	Buidheann-ceannais: Ceannard Chomataidhean is Ruigsinn	Leasaich poileasaidh agus dòigh-obrach agus sgaoil gu ceannardan-oifisean ron Ògmhios 2014  Thoir planaichean a-steach airson 2015-2016 (air an ullachadh le ceannardan-oifisean ron Lùnastal 2014)
	<i>Gabh beachd air a bhith a' suidheachadh na Gàidhlig nuair a bhios ath-bhreithneachadh ga dhèanamh air an dòigh-obrach mu phoileasaidh chorporra</i>	Comhairle air a shireadh bho Sheirbheisean Ruigsinn mar phàirt den sgrùdadh air na poileasaidhean corporra uile	Oifis a' Chlàirc/Àrd-Oifigeir	A' chiad sgrùdadh gu bhith deiseil ro dheireadh 2013

	<i>Cuir aithisg-adhartais mu chur a' Phlana Ghàidhlig an gnìomh ris an aithisg-ghèillidh ràitheil don Buidheann-cheannais gus rùn BCPA gus Gàidhlig a chur air adhart aig ìre ro-innleachdail a dhearcnachadh</i>	Aithisgean-gèillidh gan cur a-steach ann an àm	Buidheann-ceannais: Ceannard Chomataidhean is Cheanglaichean A-muigh	Thoir a-steach airson 2014-2015
	<i>Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a bhith mar "ghaisgeach" Gàidhlig leis an ùghdarras iarraidh air oifisean stuth ùrachadh gus ìomhaigh san dà chànain a chleachdadh no beachd a ghabhail air (mìrean) Gàidhlig nan cuid sheirbheisean mar a tha iomchaidh</i>	Cruth foirmeil air a bhith air a chur air an obair agus air a chur an cèill do na h-oifisean uile	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Mhàrt 2014

	<p><i>Ri linn don Phlana a bhith ann, cùm sùil air an ìre den luchd-obrach a' togail na cànain agus brosnach barrachd luchd-obrach gus sgilean Gàidhlig fhaighinn, a' cur cuideam air raointean-gnìomhachais far am faodar a' bhuidheas motha a thoirt</i></p>	<p>Thèid KPI a shocrachadh aon uair is gu bheil an sgrùdadh air comas-cànain an luchd-obrach ullamh</p>	<p>Seirbheisean Ruigsinn agus Goireasan Daonna; Buidheann-ceannais</p>	<p>Faicibh Raon-ama an sgrùdaidh</p>
	<p><i>Thoir tionndaidhean Gàidhlig de bhathar-bog an-asgaidh do luchd-obrach a bhios ag iarraidh a chleachdadh (mar eisimpleir, Firefox, LibreOffice is an leithid)</i></p>	<p>Iarrtas air a ghiullachd gu Raon-ama àbhaisteach</p> <p>Rèiteach air a shònrachadh is a chur an gnìomh</p>	<p>Teicneòlas-fiosrachaidh Gnìomhachais</p>	<p>Iarrtas air a chur a-steach is a dheasbad ron Chèitean 2014</p> <p>Raon-ama mu chur-an-gnìomh ri aontachadh mar phàirt den beasbad mun Iarrtas</p>

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b><i>Taic ri gnòthach na Pàrlamaid:</i></b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Bidh na Gnàth-riaghailtean a' socrachadh mar a thèid cànairean a chleachdadh san t-Seòmar-dheasbaid is ann an comataidhean. Tha Poileasaidh-cànain na buidhne a' cur an cèill ann am mionaideachd mar a thèid seo a libhrigeadh.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cuir cruth foirmeil air an taic a chuireas an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig ris an Aithisg Oifigeil nuair a chleachdar Gàidhlig ann an gnòthaichean le bhith a' cur a-steach amais shònraichte san tuairisgeul-obrach</i>	Air a thoirt a-steach mar amas agus air a rianachd a rèir dèanadais tro mhodh an ath-bhreithneachaidh bhliadhnail agus na dhèidh	Seirbheisean Ruigsinn	Dol air Adhart

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Taic ri Buill:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha Poileasaidh-cànain na buidhne a' cur an cèill ann am mionaideachd mar a thèid seo a libhrigeadh. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a' cuideachadh nam Ball a bhios ag iarraidh Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean na Pàrlamaid.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Leasaich conaltradh le Buill gus a mhìneachadh dhaibh na tha ri fhaotainn dhaibh; mar a dh'fhaodas an t-Seirbheis Ghàidhlig Buill a chuideachd san obair aca sa Phàrlamaid; mar a dh'fhaodadh Buill a bhith ag iarraidh Gàidhlig a chleachdadh, mar eisimpleir cairtean-gnìomhachais anns an dà chànain</i>	Gabhail ri seirbheisean is cleachdadh na Gàidhlig gan dearcnachadh	Seirbheisean Ruigsinn	Dol air Adhart

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b><i>Sgaoileadh deagh chleachdais:</i></b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig na bhall de Ainmean-àite na h-Alba agus de Bhuidheann Luchd-cleachdaidh nam Planaichean Gàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Thoir a-steach seiseanan air sgaoileadh deagh chleachdais air Latha na Gàidhlig gus raointean far an do ghabh BCPA ceannas, mar eisimpleir le meadhanan sòisealta, a chomharrachadh is a dheasbad</i>	Àireamh is raon luchd-frithealaidh aig seiseanan air Latha na Gàidhlig	Seirbheisean Ruigsinn	Samhain 2014 agus Samhain 2016

## Earrann 2 - Conaltradh

### Prionnsapalan:

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre aig am bi ceangal aig a' phoball ri ùghdarras poblach a' cur ris na h-uidhir den chàin a tha ri faicinn is ri cluinntinn agus bidh e a' cur ris an fhaireachdainn gun gabh Gàidhlig a chleachdadh is gu bheilear a' cur fàilte air seo. A bharrachd air a bhith a' cur ri inbhe na càin, bidh e cuideachd a' cruthachadh cothroman gus a chleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar a' gabhail gnothaich ris an ùghdarras poblach an dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ris an ùghdarras ann an litrichean, ann am post-dealain agus air am fòn cudromach gus cothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh agus le bhith a' cur ris an fhaireachdainn gu bheilear toilichte a chleachdadh. Faodaidh ìre na Gàidhlig ann am farsaingeachd de bhileagan san dà chàin agus sa Ghàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri follaiseachd agus urram na càin. Faodaidh ullachadh tionndadh Gàidhlig bhileagan, iarrtasan agus sgrìobhainnean eile, cuideachadh cuideachd gus a chur ris an ìre de bhriathrachas Gàidhlig agus ri aire luchd na Gàidhlig air a leithid de bhriathrachas, rud a chuidicheas ri leasachadh na càin fhèin.

Cuideachd, bidh a' bhuidheann ann an conaltradh ri muinntir na h-Alba tro fharsaingeachd de sheirbheisean-foghlaim is eadar-mhìneachaidh, tachartasan nam measg. Tha Gàidhlig ga h-amalachadh a-steach gus cur barrachd ri follaiseachd na càin agus ris an ìre a chluinnear

***Tha BCPA mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aige cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo.***

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Fàilteachadh:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Thathar air gabhail ri modh sam faigh sgioba-fàilteachaidh gun Ghàidhlig cuideachadh do dhaoine le ceistean ann an Gàidhlig. Tha suaicheantais dhà-chànaineach gan toirt leis a h-uile pas luchd-tadhail. Tha am mapa treòrachaidh don luchd-tadhail anns an dà chànain.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Thoir brosnachadh do Sgioba-tèarainteachd teachdaireachd "Fàilte" a thoirt anns an dà chànain</i>	Ri bhith air fheuchainn an toiseach air Latha na Gàidhlig Ath-bhreithneachadh agus plana-gnìomha air an aontachadh	Goireasan Daonna agus Buidheann-tèarainteachd	Feuch Samhain 2014  Ron Mhàrt 2015
	<i>Sònraich is thoir a-steach modh sam faod luchd-obrach le Gàidhlig innse do luchd-tadhail mu na seirbheisean a bhios sinn a' tairgse (mar eisimpleir, tro shanasan aig na deasgan no air suaicheantais luchd-obrach)</i>	Faodaidh luchd-tadhail dèanamh a-mach am faod neach-obrach Gàidhlig an cuideachadh	Seirbheisean Luchd-tadhail  Seirbheisean Ruigsinn	Ron Mhàrt 2014

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Fòn:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Thathar air gabhail ri modh sam faigh luchd-obrach gun Ghàidhlig cuideachadh do dhaoine le ceistean ann an Gàidhlig. Tha àireamh-fòn Seirbheis na Gàidhlig a' nochdadh anns a h-uile foillseachadh-fiosrachaidh. Tha teachdaireachd fòn-freagairt anns an dà chànain aig an t-Seirbheis Ghàidhlig.			

<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cruthaich cairt-coimpiutair airson nam Ball is an luchd-obrach le àireamh Seirbheis na Gàidhlig air</i>	Cairt air a sgaoileadh do na Buill uile sna h-oifisean aca ann an Taigh an Ròid agus aig baile	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Chèitean 2014
	<i>Dèan sgrùdadh air brathan “a-mach às an oifis” ann an Gàidhlig a sgaoileadh bho ionad-freagairt na Pàrlamaid</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh agus toradh air a chur an gnìomh.	Fiosrachadh agus Foillseachaidhean Poblach	Cuir crìoch air an sgrùdadh ron Chèitean 2014 Aontaich plana-gnìomha ron Lùnastal 2014 Cuir plana-gnìomha an gnìomh ron Dùbhlachd 2014

<b>Gnìomh-leasachaidh</b>	<b>Gnìomhan</b>	<b>Comharraidhean-coileanaidh</b>	<b>Prìomh Oifis</b>	<b>Raon-ama</b>
<b><i>Post is post-dealain:</i></b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	<p>Bho 1999, tha a' bhuidheann air gabhail ri conaltradh ann an Gàidhlig agus bheir i freagairt ann an Gàidhlig nuair a bhios freagairt a dhìth. Thathar air gabhail ri modh mu chonaltradh ann an sgrìobhadh. Tha conaltradh-sgrìobhte a gheibhear ann an Gàidhlig ga fhreagairt a rèir Raon-ama àbhaisteach na buidhne agus an taobh a-staigh chrìochan reachdail buntainneach. Tha freagairtean-dàlach air conaltradh Gàidhlig gan cur a-mach ann an Gàidhlig. Nuair a bhios i a' tòiseachadh air conaltradh, tòisichidh an t-Seirbheis Ghàidhlig conaltradh ann an Gàidhlig no anns an dà chànan leis na daoine is na buidhnean sin a tha e air aithneachadh gum b' fheàrr leotha conaltradh ann an Gàidhlig. Air post-dealain bhon t-Seirbheis Ghàidhlig tha an rabhadh/na fo-loidhne (<i>strapline</i>) corporra ann an Gàidhlig.</p> <p>Anns a h-uile post-dealain a nochdas bho chunntas na buidhne tha loidhne ann an Gàidhlig a' toirt fiosrachaidh mun Phlana/t-Seirbheis Ghàidhlig agus mun Phoileasaidh-chànain sa Bheurla. Bidh feadhainn den luchd-obrach a' cur an ainmean-sgrìobhte san dà chànan air post-dealain. Bidh Gairmean Fianais, air an cur a-mach sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, a' cur an cèill gum faodar fianais a chur a-steach ann an Gàidhlig.</p>			

<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Thoir a-steach ainmean-sgrìobhte post-dealain / cairtean-lìn san dà chànan don luchd-obrach uile</i>	Ìre den luchd-obrach a chleachdas ainmean-sgrìobhte post-dealain / cairtean-lìn san dà chànan	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Dùbhlachd 2017
	<i>Brosnaich a bhith a' cleachdadh Gàidhlig ann am brathan post-dealain "a-mach às an oifis"</i>	Ìre den luchd-obrach a chleachdas Gàidhlig ann am brathan post-dealain "a-mach às an oifis"	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Dùbhlachd 2017
	<i>Cuir an aithris-àichidh post-dealain chorporra san dà chànan mar an àbhaist</i>	larrtas air a ghiullachd gu Raon-ama àbhaisteach  Rèiteach air a shònrachadh is a chur an gnìomh	Teicneòlas-fiosrachaidh Gnìomhachais	larrtas air a chur a-steach is a dheasbad ron Chèitean 2014  Raon-ama mu chur-an-gnìomh ri aontachadh mar phàirt den deasbad mun larrtas
	<i>Dèan sgrùdadh an gabh seòlaidhean post-dealain a shocrachadh gus am faodar dreach Gàidhlig a chleachdadh mar roghainn do na Buill agus don luchd-obrach a dh'fhaodadh a bhith ann an conaltradh le luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh</i>	larrtas air a ghiullachd gu Raon-ama àbhaisteach  Rèiteach air a shònrachadh is a chur an gnìomh	Teicneòlas-fiosrachaidh Gnìomhachais	larrtas air a chur a-steach is a dheasbad ron Chèitean 2014 Raon-ama mu chur-an-gnìomh ri aontachadh mar phàirt den deasbad mun larrtas

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Foirmean:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha raon bhileagan ga chur a-mach leis a' bhuidhinn agus bidh i a' gabhail ri bileagan air an lìonadh sa Ghàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Dèan sgrùdadh air na bileagan uile agus dèan cinnteach gu bheil an iomhaigh chorporra dhà-chànanach air a cur ris na teamplaidean is na bileagan-lìn uile. Faigh a-mach a bheil feum air tionndaidhean Gàidhlig de bhileagan agus cruthaich mar as iomchaidh ,a' toirt prìomhachas do na foirmean a tha air a cleachdadh as motha leis a' phoball agus le daoine air an taobh a-staigh.</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh agus plana-gnìomha le Raon-ama ri cur an gnìomh air aontachadh	Seirbheisean Ruigsinn	Sgrùdadh air a chrìochnachadh ron Dùbhlachd 2014

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Modh-obrach Ghearanan:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha modh na buidhne ri fhaotainn ann Gàidhlig; foillsichear bileagan agus faodar an cur a-steach ann an Gàidhlig. Tha freagairtean gan cur a-mach ann an Gàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Lean air adhart a' dearcnachadh àireamhan gearanan a</i>	larrtasan air an làimhseachadh a rèir a' chlàir-ama	Seirbheisean Ruigsinn	Dol air Adhart

	<i>gheibhear sa Ghàidhlig agus air an ùine a bheir e gus freagairt a thoirt</i>			
	<i>Cruthaich foirm-lìn ghearanan sa Ghàidhlig</i>	larrtas-obrach BIT air a chur a-steach Foirm air a cruthachadh, air a cur gu deuchainn agus a foillseachadh a rèir a' chlàir-ama a chaidh aontachadh	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Dùbhlachd 2014  Ri bhith air aontachadh fo phròiseas larrtas-obrach

<b>Gnìomh-leasachaidh</b>	<b>Gnìomhan</b>	<b>Comharraidhean-coileanaidh</b>	<b>Prìomh Oifis</b>	<b>Raon-ama</b>
<b><i>larrtasan Saorsa Fiosrachaidh:</i></b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha modh na buidhne ri fhaotainn ann Gàidhlig tro làrach-lìn na Pàrlamaid agus faodar iarrtasan a chur a-steach ann an Gàidhlig. Tha freagairtean gan cur a-mach ann an Gàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Lean air adhart a' dearcnachadh àireamh nan iarrtasan a gheibhear ann an Gàidhlig agus air an ùine a bheir e gus freagairt a thoirt</i>	larrtasan air an làimhseachadh a rèir a' chlàir-ama	Buidheann Rannsachaidh is Conaltraidh	Dol air Adhart

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Foghlam is obair a-muigh:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha seisean-foghlaim air an taobh a-muigh gan toirt seachad ann an Gàidhlig. Tha stuth-foghlaim ri fhaotainn air an lìn agus ann an clò sa Ghàidhlig. Nam measg seo tha geamannan is goireasan eadar-ghnìomhach air an lìn. Tha tursan treòraichte rim faotainn ann an Gàidhlig. Tha turas-claisneachd ri fhaotainn ann an Gàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Thoir eadar-theangachaidhean do luchd-obrach Seirbheis an Fhoghlaim de dh'ainmean nan sgoiltean air am bi iad a' tadhal gus an toirt a-steach do na seiseanan aca</i>	Modh air a stèidheachadh gus eadar-theangachaidhean a thoirt seachad	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Lùnastal 2013
	<i>Thoir abairtean sìmplidh ann an Gàidhlig do luchd-obrach Seirbheis an Fhoghlaim a chleachdas iad ri linn nan seiseanan</i>	Seiseanan-trèanaidh air an toirt do na h-Oifigearan Foghlaim air fad	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Lùnastal 2013
	<i>Cuir mìneachadh mun taic a bheir BCPA don Ghàidhlig air sgrìobt nan tursan-iùil</i>	Sgrìobt nan tursan air ùrachadh agus comhairle air a thoirt do na Treòraichean air fad mu shusbaint ùr	Seirbheisean Ruigsinn Seirbheisean Luchd-tadhail	Ron Dùbhlachd 2013

	<p><i>Stèidhichte air na dh'fhiosraich sinn às a bhith toirt seachad seiseanan-foghlaim air air taobh-a-muigh bho 2008, leasaich seiseanan-foghlaim a fhreagras air sgoiltean Gàidhlig agus thoir aithisg mu thoraidhean gus deagh chleachdas a sgaoileadh</i></p>	<p>Maoineachadh air a shònrachadh</p> <p>Plana na h-obrach agus Raon-ama air an aontachadh</p> <p>Plana air a libhrigeadh</p>	<p>Seirbheisean Ruigsinn</p>	<p>Airson Giblean 2014</p> <p>Ron Mhàrt 2014</p> <p>Ron Lùnastal 2014</p>
	<p><i>Dèan tionndaidhean Gàidhlig de ghoireasan airson nam bòrd-geala eadar-ghnìomhach</i></p>	<p>Goireasan uile air an cur gu Gàidhlig</p>	<p>Seirbheisean Ruigsinn</p>	<p>Ron Chèitean 2015</p>

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Tachartasan:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	<p>Thathar air gabhail ri modh gus eadar-mhìneachadh a chleachdadh aig tachartasan is coinneamhan don phoball a tha an taobh a-muigh gnothach na Pàrlamaid no taic ri Buill.</p> <p>Tha am poileasaidh mu eadar-mhìneachadh ri linn gnothach na Pàrlamaid air a shealltainn ann am Poileasaidh-cànain na buidhne.</p> <p>Tha am poileasaidh mu thachartasan air an cumail le Buill ga chòmhdach ann an stiùireadh na buidhne mu thachartasan do Bhuill no luchd-deasachaidh thachartasan.</p> <p>Tha uidheam eadar-mhìneachaidh aig BCPA a ghabhas cleachdadh aig tachartasan / coinneamhan aig Taigh an Ròid no gu h-ionadail.</p> <p>Tha cothrom air eadar-mhìneachadh Gàidhlig air a chur an cèill san fhiosrachadh ro na coinneamhan is tachartasan.</p> <p>Cleachdar Gàidhlig ann am foillseachaidhean agus air soidhneachan sealach mu thachartasan, mar eisimpleir, Fèis Phoilitigs.</p> <p>Bidh Latha Gàidhlig ga chumail le BCPA mar phàirt de phrògram nan tachartasan mòra a h-uile dara bliadhna.</p> <p>Bidh a' bhuidheann a' cur a taice ris a' chuairt mu dheireadh de Dheasbad BT nan Sgoiltean Gàidhlig mar thachartas le taic bho Bhuill a h-uile bliadhna (ann an co-bhonn ris a' chuirm air a cumail leis na Buill aig Buidheann Thar-phàrtaidh air Gàidhlig).</p>			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cruthaich soidhneachan Gàidhlig do thachartasan agus aig ionadan-clàraidh bhuidhnean tar-phàrtaidh (nuair a bhios tìde gu leòr gus eadar-theangachadh a thoirt)</i>	Àireamh shoidhnichean air an cruthachadh ann an Gàidhlig	Seirbheisean Luchd-tadhail	Thoir a-steach modh-obrach an dèidh fosadh a' Ghearrain 2014

	<i>Cuir ri ìre cleachdadh na Gàidhlig air soidhneachan tachartasan</i>	Tha soidhneachan Gàidhlig gan toirt seachad air caochladh thachartasan airson caochladh bhuidhnean	Tachartasan Taisbeanaidhean	is	Dol air Adhart
--	--	--	-----------------------------	----	----------------

<b>Gnìomh-leasachaidh</b>	<b>Gnìomhan</b>	<b>Comharraidhean-coileanaidh</b>	<b>Prìomh Oifis</b>	<b>Raon-ama</b>
<b><i>Taisbeanaidhean (taisbeanadh cruinneachadh-ealain na buidhne nam measg):</i></b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha Gàidhlig anns an taisbeanadh mun Phàrlamaid a bhios ri fhaicinn ann an àrainnean a' phobaill mar as trice. Tha Gàidhlig ann an stuth-taisbeanadh aig taisbeanaidhean sealach. Tha Gàidhlig sna sgrìobhainnean airson nan obraichean-ealain a thathar a' taisbeanadh.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Thoir seachad eadar-theangachadh de na faclan Gàidhlig a' nochdadh ann an obair-ealain A' Siubhal an Astair airson Oifigearan Foghlaim agus Treòraichean-thursan</i>	Eadar-theangachadh air a dhèanamh is a dhearbhadh  Oifigearan Foghlaim is Treòraichean-thursan a' cleachdadh an eadar-theangachaidh air tursan	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Lùnastal 2013

## Earrann 3 - Foillseachaidhean

### Prionnsapalan:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò is air an lìn cuideachadh ri leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh e a' cur ri follaiseachd na cànan, a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith air faicinn a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean cudromach agus cuidichidh e gus briathrachas a chruthachadh is a leasachadh. Tha an ìre de Ghàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh a shealltainn an rùn aig ùghdarras poblach fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' cur ri follaiseachd is inbhe na cànan. A rèir mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh a bhith a' dèanamh ullachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd na cànan. Cuideachd, tha a' bhuidheann a' cleachdadh mheadhanan sòisealta gu tionnsgalach gus foillseachadh is conaltradh ri luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh.

***Tha rùn aig BCPA cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna raointean ud far a bheil an cuspair a' glacadh ùidh a' phobaill anns an fharsaingeachd no a bheil e a' bualadh air nithean a tha ceangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig fhèin.***

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Meadhanan:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha fiosan naidheachd gam foillseachadh ann an Gàidhlig agus gan cur air adhart tro bhloga na buidhne is air Twitter. Is e an t-amas a tha aig BCPA gun tèid 80% de na brathan fhoillseachadh ann an Gàidhlig. Tha a h-uile Gairm airson Fianais ga foillseachadh ann an Gàidhlig agus ga cur air adhart tron bhloga, air Twitter agus air Facebook. Tha an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig mar neach-labhairt do mheadhanan na Gàidhlig airson agallamhan. Bidh BCPA a' sireadh chothroman gus obair na Pàrlamaid agus seirbheisean Gàidhlig na buidhne a chur air adhart.			

<p><b>Prìomh raointean-leasachaidh</b></p>	<p><i>Cuir ris an ìre de dhealbhan oifigeil tràthail a chleachdar ann an obair na buidhne sna meadhanan sòisealta</i></p>	<p>Thathar air cur ri ìre nan dealbhan ìre de dh'amasan air a' bhlog Àireamh de luchd-leanmhainn is ath-thruitreachadh (re-tweets)</p>	<p>Seirbheisean Ruigsinn Oifis nam Meadhanan</p>	<p>Ron t-Sultain 2013</p>
	<p><i>Lean air adhart a' siubhal chothroman gus Latha na Gàidhlig a nochdadh ris na meadhanan Gàidhealach mar mhir bunaiteach de shònrachadh àite BCPA mar "ghaisgeach"</i></p>	<p>Dèan dearcnachadh air còmhach meadhanan Latha na Gàidhlig</p> <p>Àireamh de luchd nam meadhanan a' frithealadh air seiseanan air Latha na Gàidhlig</p>	<p>Oifis nam Meadhanan</p>	<p>Samhain 2014 Samhain 2016</p>
	<p><i>Lean air adhart a' deasachadh ro-innleachdan airson nam meadhanan gus mìrean cudromach de ghnothach na Pàrlamaid no de dh'obair na buidhne leithid Latha na Gàidhlig a chur air adhart</i></p>	<p>Dèan dearcnachadh air a' chòmhdach a gheibhear sna meadhanan</p>	<p>Oifis nam Meadhanan Seirbheisean Ruigsinn</p>	<p>Dol air Adhart</p>

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b><i>Dàimh phoblach agus na meadhanan:</i></b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha cuid den stuth-mhargaideachd ga foillseachadh ann an Gàidhlig. Tha an suaicheantas anns an dà chànan air nithean air am branndadh a reicear ann am Bùth na Pàrlamaid. Tha Gàidhlig ga chleachdadh ann an leabhar-stiùiridh na buidhne.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cuir cruth foirmeil air modh gus beachd a ghabhail air a bhith a' cleachdadh Gàidhlig ann am planaichean a thaobh cur-air-adhart is margaideachd a fhreagras air ro-innleachdan mu chonaltradh is ghoireasan an-dràsta</i>	Modh air aontachadh agus air fhoillseachadh	Ceannard Buidheann Conaltraidh is Rannsachaidh	Ron Dùbhlachd 2014

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Stuth ann an Clò is air an lìn, nam measg film is riochdan eile:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Thathar air gabhail ri poileasaidh is modh gus beachd a ghabhail air Gàidhlig ann am foillseachaidhean. Tha na stuthan foghlaim air fad agus a' chuid as motha den fhiosrachadh phoblach gam foillseachadh ann an Gàidhlig. Tha a h-uile foillseachadh mun Phlana Ghàidhlig no mun t-Seirbheis Ghàidhlig gam foillseachadh anns an dà chànain. Tha mìrean Gàidhlig ann an cuid de dh'fhoillseachaidhean oifigeil is gnìomhachais. Thathar air ro-innleachd sgaolaidh a chruthachadh airson seo agus a' dearcnachadh air na tha a' gabhail ris.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Brosnaich barrachd thiotalan dà-chànaineach ann am foillseachaidhean, mar eisimpleir, filmichean, aithisgean le comataidhean, tiotalan reachdais</i>	Thèid an ìre de dh'fhoillseachaidhean le tiotalan san dà chànain am meud ri linn don Phlana a bhith ann	Seirbheisean Ruigsinn	Dol air Adhart
	<i>Brosnaich gun tèid mìrean Gàidhlig a thoirt a-steach, mar eisimpleir, san tuairisgeul air susbaint fhilmichean</i>	Thèid an ìre de dh'fhilmichean anns a' bheil a' chànain am meud ri linn don Phlana a bhith ann	Craoladh	Dol air Adhart

	<i>Dèan sgrùdadh an gabhadh Gàidhlig a thoirt a-steach mar an àbhaist mar phàirt de Thiotalan Foillseachaidhean Gnìomhachais (mar eisimpleir, Aithisg Oifigeil, Iris Ghnothaichean)</i>	Thèid an ìre de sgrìobhainnean le tiotalan san dà chànain am meud ri linn don Phlana a bhith ann	Fiosrachadh is Foillseachaidhean Poblach	Cuir crìoch air an sgrùdadh air sgrìobhainnean-gnìomhachais ron Dùbhlachd 2014
	<i>Gabh beachd air mar a dh'fhaodte Gàidhlig a thoirt a-steach nuair a bhios ro-innleachd mu leabhraichean-lìn ga dheasachadh</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh agus toradh air a chur an gnìomh	Fiosrachadh is Foillseachaidhean Poblach	Ron Dùbhlachd 2017

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Làraichean-lìn:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	<p>Tha raon farsaing ga thairgse leis a' bhuidhinn de duilleagan-lìn Gàidhlig agus bidh i a' cleachdadh URL Gàidhlig. Tha ceangal fa leth airson Gàidhlig bho na duilleagan Beurla (a tha air leth bho na ceanglaichean ris na cànaichean eile a bhios a' bhuidheann a' cleachdadh).</p> <p>Tha goireasan foghlaim air an lìn airson luchd-teagaisg is daoine òga gam foillseachadh sa Ghàidhlig is sa Bheurla agus gan cur air adhart tro na duilleagan-lìn Beurla cho math ris na duilleagan Gàidhlig. Bidh BCPA a' cleachdadh mheadhanan sòisealta sa Ghàidhlig mar leudachadh air an làrach-lìn aice, le bloga, Twitter, inbhir RSS.</p> <p>Tha fiosrachadh mun t-Seirbheis Ghàidhlig ri fhaotainn air duilleagan eadra-lìn BCPA.</p>			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Dèan sgrùdadh air mar a ghabhadh dreachd Ghàidhlig de shiostam nan athchuingean air an lìn a thoirt seachad</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh; Raon-ama is KPI do rèiteach sam bith air an sònrachadh ri bhith air an aontachadh mar phàirt den phlana mu chur-an-gnìomh	Buidheann Chomataidhean is Ruigsinn	Sgrùdadh air a chrìochnachadh ron Lùnastal 2015
	<i>Dèan sgrùdadh air ullachadh mu mhineachadh air an lìn agus briathrachas a shoilleireachadh do luchd-ionnsachaidh / luchd-labhairt le beagan misneachd</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh; Raon-ama is KPI do rèiteach sam bith air an sònrachadh ri bhith air an aontachadh mar phàirt den phlana mu chur-an-gnìomh	Seirbheisean Ruigsinn	Sgrùdadh air a chrìochnachadh ron Chèitean 2016

	<i>Dèan sgrùdadh mu chleachdadh fhaidhlichean-fuaim gus innse mar a bu chòir Gàidhlig a labhairt no mìneachaidhean goirid a thoirt – gus a chur air chomas do luchd-ionnsachaidh gun fhileantachd agus luchd-labhairt le beagan misneachd gus feum nas fheàrr a thoirt às na duilleagan-lìn</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh; Raon-ama is KPI do rèiteach sam bith air an sònrachadh ri bhith air an aontachadh mar phàirt den phlana mu chur-an-gnìomh	Seirbheisean Ruigsinn	Sgrùdadh air a chrìochnachadh ron Mhàrt 2014
--	---	--	-----------------------	--

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Meadhanan sòisealta:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha a' Phàrlamaid an sàs ann am blog agus ann an Twitter ann an Gàidhlig gus am bi cothrom gun strì air fiosrachadh mu Phàrlamaid na h-Alba agus ceanglaichean le caochladh bhuidhnean, mar eisimpleir luchd-ionnsachaidh inbheach is daoine òga.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Thoir a-steach “facal Gàidhlig na seachdain” air Twitter ri linn fosadh an t-Samhraidh, le faidhlichean-fuaim na chois</i>	Luchd-leantainn cunntas na Gàidhlig air Twitter air a dhol am meud Leudachadh air ìre retweets sa Beurla	Fiosrachadh agus Foillseachaidhean Poblach	Cuir an gnìomh ron Ògmhios 2013

	<i>Leudaich ceanglaichean le meadhanan sòisealta corporra na Pàrlamaid is cunntasan twitter nan comataidhean.</i>	Dèan dearcnachadh air an ìre de re-tweets agus àrdachadh air luchd-leantainnn/likes	Seirbheisean Ruigsinn Fiosrachadh is Foillseachaidhean Poblach Oifis nan Comataidhean Conaltradh air an Taobh A-muigh	A rèir nan clàran-ama airson cur-an-gnìomh Plana Lìn is Meadhanan BPCA.
	<i>Lean air adhart a' dearcnachadh mar a chleachdas muinntir na Gàidhlig meadhanan sòisealta agus atharraich an riochd a tha againn air an lìn gus na treandan a tha ann an-dràsta a shealltainn, agus cuir stad air slighean a tha ann no thoir feadhainn ùr a-steach a rèir mar as iomchaidh</i>	Dèan dearcnachadh air an àite leanntainneach aig BCPA a bhith a' cleachdadh mheadhanan sòisealta ann an Gàidhlig	Seirbheisean Ruigsinn	Dol air Adhart

## Earrann 4 – Luchd-obrach

### Prionnsapalan:

Gus seirbheisean a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, feumar cur ri comas-obrach is comas-cànain an luchd-obrach. Tha ullachadh ionnsachadh-cànain airson an luchd-obrach a' cuideachadh gus ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbich a chur air adhart agus a' Ghàidhlig fhèin a chur air adhart mar nì feumail san ionad-obrach. Cuiridh comharrachadh nan dreuchdan far a bheil feum air Gàidhlig gu mòr ri inbhe na cànain agus a bhith ga chomharrachadh mar eòlas feumail.

Bidh cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean a' cuideachadh cuideachd mar aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach. Ge b' e dè an ìre de dh'eòlas air a' Ghàidhlig a bhios a dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan poblach cinnteach gu bheil Gàidhlig na feumalachd-obrach ann an da-rìribh. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais farsaing gus a dhèanamh cinnteach gun cuirear ann an dreuchd anns gach suidheachadh a rèir Cothrom na Fèinne agus gun nochd iad an t-eòlas comharraichte a tha a dhìth airson na h-obrach.

***Tha BCPA mothachail air cho cudromach is a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar eòlas cudromach a thaobh a bhith ag obair agus suidheachaidhean a shònrachadh far a bheil feum no fèill oirre. Tha BCPA mothachail cuideachd air cho cudromach is a tha e a chur air chomas don luchd-obrach cur ris a' Ghàidhlig aca mas e sin am miann.***

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Sgrùdadh air comas-cànain:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Bidh aithris ga togail mun ìre den luchd-obrach aig a bheil comas ann an Gàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Dèan sgrùdadh air a h-uile neach-obrach aig BCPA le stiùireadh air Planaichean Gàidhlig agus thoir feum às an fhiosrachadh gus ullachadh a leasachadh mar a tha iomchaidh. Bidh fiosrachadh san sgrùdadh air sgilean sònraichte air cleachdadh na Gàidhlig sna dleastanasan obrach againn mar seirbheisean eadar-theangachaidh, solarachadh seirbheisean dà-chànanach no cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam.</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh gus fiosrachadh bunaiteach a stèidheachadh  Aithisgean bliadhnail	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Chèitean 2014  Dol air Adhart

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Prìomh Oifis	Raon-ama
<b>Trèanadh:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha deagh chuid den luchd-obrach air trèanadh fhaighinn ann am mothachadh mun Ghàidhlig. Bithear a' tairgse chùrsaichean do luchd-obrach ùr, agus don sgioba a tha ann mar-thà, bho àm gu àm. Thèid			

	<p>prìomhachas a thoirt do luchd-obrach a tha ag obair ann an obair com-pàirt leis a' phoball mar Seirbheisean Luchd-tadhail, Fiosrachadh a' Phobaill agus Foillsichidhean, Tachartasan agus Taisbeanaidhean, Dàimh Meadhanan agus na sgiobaidhean Lìn is Meadhanan Sòisealta.</p> <p>Tha seiseanan-trèanaidh ad hoc gan toirt seachad leis an Oifigear Leasachaidh Ghàidhlig a chuideachadh luchd-obrach gus mìrean Gàidhlig a chur a-steach nan cuid obrach, mar eisimpleir, ann an seiseanan-foghlaim no tursan-iùil.</p> <p>Tha stuth Gàidhlig ri fhaotainn bho Ionad nan Goireasan-foghlaim.</p>			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cuir ris an ìre de sheiseanan goirid air Gàidhlig bhunaiteach airson luchd-obrach a' gabhail gnothaich ris a' phoball agus an uair sin airson oifisean eile</i>	Àireamh sheiseanan air an libhrigeadh agus àireamhan gam frithealadh	Ionnsachadh is Leasachadh	Dol air Adhart
	<i>Cruthaich stuth airson cùrsa-trèanaidh aig ìre-tòiseachaidh agus clàr ri libhrigeadh (a' cleachdadh an luchd-obrach againn fhèin) a sheallas air Mothachadh mu Ghàidhlig agus Togail/Comas-cànain</i>	Stuth air a chruthachadh  Clàr air a stèidheachadh  Àireamh sheiseanan air an libhrigeadh agus àireamhan gam frithealadh	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Dùbhlachd 2015

	<p><i>Dèan sgrùdadh air cruthachadh pasgan "Toolkit" mar leudachadh air stuth-ionnsachaidh na buidhne gus taic a thoirt do luchd-obrach a tha ag iarraidh cumail orra ag ionnsachadh an dèidh nan cùrsaichean aig na h-ìrean bunaiteach</i></p>	<p>Pasgan freagarrach air amas agus air a cheannach agus ga thairgse sa chruinneachadh de stuth-ionnsachaidh</p> <p>Àireamh luchd-obrach a' cleachdadh Toolkit</p>	<p>Ionnsachadh is Leasachadh Seirbheisean Ruigsinn</p>	<p>Ron Dùbhlachd 2015</p> <p>Bhon Fhaoilleach 2016 air adhart</p>
	<p><i>Dèan sgrùdadh air trèanadh ann am Mothachadh air Gàidhlig a chur ri clàr-ullachaidh na buidhne airson an luchd-obrach uile</i></p>	<p>Trèanadh mar phàirt den chlàr-ullachaidh</p> <p>Àireamh de luchd-obach ùr a' frithealadh air an trèanadh</p>	<p>Ionnsachadh is Leasachadh Seirbheisean Ruigsinn</p>	<p>Ron Dùbhlachd 2013</p>

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Oifis-stiùiridh	Raon-ama
<b>Ionnsachadh-cànain:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	<p>Faodaidh luchd-obrach iarrtas a dhèanamh airson Gàidhlig ionnsachadh aig ìre sam bith tro bhuidseatan-trèanaidh oifisean gus comas-cànain a thogail no a leasachadh.</p> <p>Tha stuth Gàidhlig ri fhaotainn bho Ionad nan Goireasan-foghlaim.</p> <p>Tha cothrom aig luchd-obrach an sàs ann an libhrigeadh Seirbheisean Gàidhlig na buidhne air goireasan is seirbheisean cànain, faclairan is bathar-bog nam measg. Tha na planaichean is amasan leasachaidh phearsanta bhliadhnail aca a' ceadachadh trèanaidh ceangailte ris an obair, leithid frithealadh air buidhnean-dealbhadh corpus.</p>			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cuir ri chèile pasgan-fiosrachaidh a thaobh mar a thòisicheas neach ag ionnsachadh na Gàidhlig agus cuir mun cuairt air an taobh a-staigh</i>	Pasgan-fiosrachaidh air a chur ri chèile is air fhoillseachadh	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Lùnastal 2014
	<i>Dèan sgrùdadh air cothroman gus ionnsachadh Gàidhlig a thoirt seachad ann an co-bhonn ri buidhnean poblach eile a tha stèidhichte ann an Dùn Èideann is aig a bheil Planaichean Gàidhlig</i>	Sgrùdadh air a chrìochnachadh agus plana-gnìomha air aontachadh airson rèitich sam bith air a shònrachadh le sgioba is Raon-ama	Seirbheisean Ruigsinn Ionnsachadh is Leasachadh	Sgrùdadh air a chrìochnachadh ron Dàmhair 2015
	<i>Cuir "Buidheann-cleachdaidh" air bhonn airson luchd-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig</i>	Aireamh luchd-obrach anns a' bhuidhinn	Seirbheisean Ruigsinn	Ron Chèitean 2015

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Oifis-stiùiridh	Raon-ama
<b>Fastadh:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha Gàidhlig na feumalachd airson post an Oifigeir Leasachaidh Ghàidhlig. Thathar a' miannachadh gum bi luchd-obrach a tha air am fastadh a chuideachadh ri obair na buidhne mar cheangal ris a' phoball (mar eisimpleir, Treòraichean Tursan, Oifigearan Foghlaim) fileanta sa Ghàidhlig.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Lean air adhart ag iarraidh Gàidhlig airson post an Oifigeir Leasachaidh Ghàidhlig agus thoir brosnachadh do luchd-labhairt Gàidhlig iarrtas a dhèanamh airson dreuchdan Oifigearan Foghlaim agus Oifigearan Seirbheisean Luchd-tadhail)</i>	Luchd-obrach le comas Gàidhlig air an cumail ann an dreuchd no air am fastadh ann an dreuchdan gun lionadh	Seirbheisean Ruigsinn Seirbheisean Luchd-tadhail	Dol air Adhart

Gnìomh-leasachaidh	Gnìomhan	Comharraidhean-coileanaidh	Oifis-stiùiridh	Raon-ama
<b>Sanasachd:</b>				
<b>Cleachdadh an-dràsta</b>	Tha na sanasan airson an Oifigeir Leasachaidh Ghàidhlig agus nan Oifigearan Foghlaim anns an dà chànain.			
<b>Prìomh raointean-leasachaidh</b>	<i>Cuir leas-loidhne (strapline) san dà chànain ris gach sanas-obrach air an taobh a-muigh gus a mhìneachadh gu bheilear a' cur fàilte air iarrtasan bho luchd Gàidhlig</i>	Tha an leas-loidhne air gach sanas a tha air fhoillseachadh	Goireasan Daonna	Dol air Adhart

## **Caibideil 3**

**Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig:  
A' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig  
an gnìomh**





# Caibideil 3 - BUaidh AIG POILEASaidh AIR GÀIDHLIG: Cur an Gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

## Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig

Tha BCPA mothachail gun tèid na raointean cudromach a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh tron Phlana Ghàidhlig againn air a' chuid as motha ach gun èirich cothroman gus a' chànain adhartachadh is a leasachadh tro na ceumannan a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta. Tha a' bhuidheann ag ath-bhreithneachadh air na dòighean-poileasaidh aice agus feuchaidh i ri raointean far am faodar a' Ghàidhlig a thoirt a-steach a shònrachadh. Chì sinn an leasachadh seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh, aig a bheil e mar amas Gàidhlig a bhith mar phàirt de bheatha làitheil na h-Alba.

Fhad is a bhios i ag ath-bhreithneachadh nam modhan-poileasaidh againn, gabhaidh a' bhuidheann beachd air mar, nuair a bhios poileasaidhean gan cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh, a nì i cinnteach gun gabh a' bhuidh air Gàidhlig meas a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

## Sealladh farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Shònraich Plana Nàiseanta na Gàidhlig ceithir cinn mhòra a thug buaidh air agus a bheil buaidh, thathar an dùil, air a h-uile Plana gàidhlig, is e sin:

### 1. *Togail*

- A' cur air chomas dhaoine comas-labhairt, comas-leughaidh agus comas-sgrìobhadh sa Ghàidhlig a leasachadh

### 2. *Cleachdadh*

- Cur cleachdadh na Gàidhlig air comas ann an raon shuidheachaidhean sòisealta, foirmeil agus obrach

### 3. *Inbhe*

- Cur ris an ìre de Ghàidhlig a chithear is a chluinnear agus de dh'aithneachadh is de spèis dhi

### 4. *Corpus*

- A' cur ri càileachd, cuinbhealachd agus saidhbhreas na Gàidhlig

## **Dealas do dh' Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha rùn aig BCPA dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh is anns an earrann seo, tha sinn a-mach air mar a tha e san amharc againn an t-amas sin a thoirt gu buil. San fharsaingeachd, is e ar n-amas cur ri luchd-cleachdaidh seirbheis airson gach Amais.

### **Amas a h-Aon – An dachaigh is na Tràth-bhliadhnaichean**

#### **Amas a Dhà – Foghlam: Sgoiltean is Luchd-teagaisg agus Foghlam an dèidh na Sgoile**

##### **Prionnsapalan:**

Tha BCPA mothachail gu bheil seasmhachd na Gàidhlig ann an Alba an crochadh air àrdachadh air cleachdadh is riarachadh na Gàidhlig aig an dachaigh agus riarachadh is ullachadh Gàidhlig ann am foghlam sna tràth-bhliadhnaichean.

Tha BCPA mothachail gu bheil seasmhachd na Gàidhlig ann an Alba an crochadh air barrachd taice ri foghlam Gàidhlig aig a h-uile h-ìre agus anns gach roinn, às an tig barrachd adhartachaidh, taice is leudachaidh.

- Gàidhlig ann am Foghlam – *Bheir BCPA seiseanan seachad air a' taobh a-muigh is goireasan foghlaim mar a chaidh a shònrachadh ann an Earrann a Dhà – Conaltradh agus Earrann a Trì – Foillseachaidhean. Tha tursan treòraichte is tursan-claisneachd ann an Gàidhlig rim faotainn cuideachd.*
- Gàidhlig ann am Foghlam do dh'Inbhich – *Brosnaichidh is cuidichidh BCPA foghlam do dh'inbhich am measg luchd-obrach mar a chaidh a shònrachadh ann an Earrann a Ceithir - Luchd-obrach. Leudaichidh BCPA ionnsachadh do dh'inbhich san fharsaingeachd leis na foillseachaidhean againn, le meadhanan sòisealta agus air an lìn far a bheil stuth-leughaidh do luchd-ionnsachaidh mar a chaidh a shònrachadh ann an Earrann a Trì - Foillseachaidhean, stuth nam measg a tha ag amas gu dìreach air luchd-ionnsachaidh.*
- Gàidhlig anns an Dachaigh – *ged as e seo raon far nach eil buaidh dhìreach aig BCPA, tha caochladh cheuman nar rùn gus ìomhaigh na cànan a thogail am measg luchd-labhairt agus dhaoine gun Ghàidhlig le chèile agus a bhith ga brosnachadh agus mar sin a tha mar thaic ri amasan an raoin-leasachaidh bhunaitich seo ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.*

*Faicibh Amas a Còig cuideachd. na h-Ealainean, na Meadhanan, Dualchas is Turasachd.*

### **Amas a Trì - Coimhearsnachdan**

##### **Prionnsapalan:**

Tha BCPA mothachail gu bheil seasmhachd na Gàidhlig an crochadh air barrachd taice ri coimhearsnachdan is lionraidhean luchd-labhairt na Gàidhlig agus tionnsgnaidhean-coimhearsnachd aig a bheil mar adhbhar cur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig.

Tha BCPA mothachail cho farsaing agus a tha coimhearsnachd na Gàidhlig san latha a tha ann an-diugh agus bheir i taic ri coimhearsnachdan de gach seòrsa - sna bailtean, air an tuath, air an lìn, sa choimhearsnachd ionnsachaidh agus eile tro raon làn nan ceuman sa phlana seo, nam measg:

- Conaltradh – *Earrann a Dhà – Tha Conaltradh a’ mìneachadh nan dòighean gu lèir sam faodar conaltradh ri Pàrlamaid na h-Alba, a’ cur air chomas do luchd-labhairt na Gàidhlig ceangal a dhèanamh ris a’ Phàrlamaid.*
- Foillseachaidhean – *Earrann a Tri – Tha Foillseachaidhean a’ mìneachadh mar a nì sinn ceangal ri luchd-labhairt Gàidhlig le goireasan ann an clò is air an lìn, nam measg na tha againn air an làrach-lìn againn is anns na meadhanan sòisealta.*

*Faicibh Amas a Dhà cuideachd. Foghlam: Sgoiltean is Luchd-teagaisg agus Foghlam an dèidh na Sgoile, agus Amas a Còig – Na h-Ealainean, na Meadhanan, Dualchas is Turasachd.*

### **Amas a Ceithir – Àite-obrach**

#### **Prionnsapalan:**

Tha BCPA mothachail gu bheil seasmhachd na Gàidhlig ann an Alba an crochadh air barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an àiteachan-obrach, a bheir an cothrom comas Gàidhlig a chleachdadh is a leasachadh ann an suidheachaidhean-obrach eadar-dhealaichte agus ullachadh sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig a chur air chomas.

*Tha na rùintean againn mun àite-obrach gan cur an cèill ann an Earrann a Ceithir - Luchd-obrach de Phlana Gàidhlig BCPA, nam measg:*

- *Sgrùdadh air comas Gàidhlig*
- *Trèanadh*
- *Ionnsachadh na cànan*
- *Fastadh*
- *Sanasachd.*

### **Amas a Còig - Na h-Ealainean, na Meadhanan, Dualchas is Turasachd**

#### **Prionnsapalan:**

Tha BCPA mothachail gu bheil seasmhachd na Gàidhlig ann an Alba an crochadh air barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an roinnean nan ealain, nam meadhanan, agus ann an dualchas is turasachd, a sheallas an t-àite a tha aig Gàidhlig ann am beatha chultarail na h-Alba agus a bheir an cothrom tarraing is mothachadh mun Ghàidhlig ann an Alba a neartachadh, le cothroman gach cuid a thaobh cur an cèill is fastadh.

Tha na rùintean againn gan cur an cèill sna h-earrannan a leanas den Phlana againn: Earrann a h-Aon – Ìomhaigh; Earrann a Dhà – Conaltradh; Earrann a Tri – Foillseachaidhean, nam measg:

- *Ìomhaigh: ìomhaigh chorporra is soidhneachan san dà chànain, tiotalan obraichean-ealain san àireimh*
- *Foillseachaidhean Gàidhlig is anns an dà chànain*
- *Tursan-iùil is tursan-claisneachd ann an Gàidhlig*
- *Cleachdadh Gàidhlig ann an tachartasan is taisbeanaidhean, an dà chuid seasmhach is sealach.*

## **Amas a Sia - Corpus**

### **Prionnsapalan:**

Tha BCPA mothachail gu bheil seasmhachd na Gàidhlig ann an Alba an crochadh air a bhith a' toirt aire do thionnsgnaidhean a sheallas air briathrachas, eadar-theangachadh, litreachadh is ainmean-àite gus an cùm i oirre a' leasachadh agus gum fàs i nas làidire, nas cunbhalaiche is nas fhaicsinniche.

Tha iad seo gan cur an gnìomh anns na dòighean a leanas:

- Leasachadh Litreachadh, Briathrachas is Ainmean-àite na Gàidhlig – *tha an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig an sàs anns a' bhuidhinn nàiseanta Ainmean-àite na h-Alba agus tha e cuideachd na riochdaire air Buidheann Luchd-cleachdaidh nam Planaichean Gàidhlig agus buidheann-corpus Bhòrd na Gàidhlig*
- Eadar-theangachadh is eadar-mhìneachadh Gàidhlig – *thathar air stiùireadh mu eadar-theangachadh a chur ri chèile airson eadar-theangairean ag obair don Phàrlamaid agus àrainn mu dhealbhachd-corpus a stèidheachadh air duilleagan-lìn Pàrlamaid na h-Alba. Tha Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail pàirt ann an leasachadh TòMaS, an t-seirbheis cuimhneachaidh eadar-theangachaidh (TMS), a tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean a' toirt seachad.*
- A' toirt seachad bathar-bog ann an Gàidhlig.

## **Caibideil 4**

### **Buileachadh agus Dearnachadh**





# Caibideil 4 – BUILEACHADH AGUS DEARCNACHADH

## Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad còig bliadhna bhon cheann-latha seo no gus a bheilear air plana ùr a chur na àite. Ann an Caibideil a dhà – *Rùintean Bunaiteach*, tha sinn air cinn-latha sònraichte a shocrachadh airson amasan nuair a tha sinn an dùil rùintean sònraichte a chur an gnìomh.

## Sgaoileadh fiosrachaidh mun Phlana

Thèid am Plana Gàidhlig aig BCPA fhoillseachadh anns an dà chànain air làrach-lìn na buidhne. Cuideachd, nì sinn na leanas:

- fios-naidheachd a sgaoileadh a' cur a' phlana an cèill agus cuiridh sinn air bhog aig tachartas airson nam meadhanan
- am plana a sgapadh air bloga Gàidhlig na buidhne, Twitter is RSS
- cuiridh sinn lethbhric den phlana sna h-oifisean poblach is sna h-ionadan-fàilteachaidh againn
- bheir sinn fios mun Phlana don luchd-obrach air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba
- bheir sinn lethbhric den phlana do bhuidhnean phoblach is do luchd-cunraidh poblach eile
- bheir sinn lethbhric den Phlana do bhuidhnean Gàidhlig
- bheir sinn lethbhric den phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis; agus
- bheir sinn lethbhric seachad nuair a thathar gan iarraidh.

## Ullachaidhean a thaobh Rianachd gus am Plana Gàidhlig a Chur an Gnìomh

Is e tha sa phlana seo poileasaidh BCPA agus tha e air taic fhaighinn gach cuid bhon Bhuidhinn-cheannais againn is bho BCPA.

*Uallach air a' Cheann Thall:*

Is e an Clàrc/Àrd-Oifigear a bhios an urra ri dèanamh cinnteach gun toir SPCB na rùintean sa Phlana seo gu buil.

*Luchd-obrach fa leth:*

Thèid notaichean-stiùiridh a thoirt don luchd-obrach air fad gus innse dhaibh mun Phlana Ghàidhlig is mu na Prìomh Dhealasan na bhroinn (mar notaichean mun Plana, carson a tha e ann agus cò dha am bu chòir fios a chur airson beachdachadh air a' bhuidhe aige air seirbheisean is pròiseactan). Thèid seiseanan goirid a chumail gus innse don luchd-obrach mun Phlana agus deasbad a bhrosnachadh.

*Seirbheisean a bheir treas pàrtaidhean seachad:*

Tha stiùireadh ga thoirt do luchd-cunraidh a bhios ag obair gu dìreach air libhrigeadh sheirbheisean ann an Gàidhlig, mar eisimpleir eadar-theangachadh is eadar-mhìneachadh. Faodaidh luchd-cunraidh eile cothrom fhaighinn air an stiùireadh a thathar a' toirt don luchd-obrach air an deach aithris gu h-àrd. Thèid fios a chur gu luchd-cunraidh air an iarrar obair gus na Rùintean Bunaiteach a chur an gnìomh le manaidsèaran luchd-chunraidh.

## **Fiosrachadh do bhuidhnean eile mun Phlana**

Thèid fios a sgaoileadh mun Phlana tro làrach-lìn na Pàrlamaid. Tha leabhran fhiosrachaidh poblaich is stiùireadh rim faotainn gus poileasaidh na buidhne agus a cuid sheirbheisean a mhìneachadh. Tha fiosrachadh conaltraidh ann gus am faighear barrachd stiùireadh far a bheil sin a dhìth. Thèid tachartasan is imeachdan sònraichte a chleachdadh gus am Plana a chur air adhart, mar eisimpleir tron bhlog Ghàidhlig no ag na tachartasan air Latha na Gàidhlig againn.

## **Goireasan airson a' Phlana**

Gabhaidh a' chuid as motha de na Prìomh Dhealasan a dhèanamh tro na goireasan luchd-obrach is buidseit a tha ann an-dràsta. Thathar air clàran-ama gus an obair-leasachaidh a thoirt gu crìch a shocrachadh gus a dhèanamh cinnteach gum bi libhrigeadh a rèir a' Phlana seasmhach is comasach. Faodaidh gun tèid barrachd maoineachaidh iarraidh airson cuid de dh'imeachdan-leasachaidh "tòiseachaidh", mar eisimpleir bho Mhaoin Cur-an-Gnìomh Achd na Gàidhlig.

## **A' Sgrùdadh Cur an Gnìomh a' Phlana**

Thèid aithisg bhliadhnail a chur ri chèile is a bheachdachadh leis a' Bhuidhinn-cheannais mus tèid a chur air adhart gu Bòrd na Gàidhlig. Bidh BCPA ag amas air an aithisg a chur a-steach air ceann-latha ceadachaidh a' Phlana (is e sin, sa Chèitean anns gach bliadhna bho 2014 a-mach).

Bheir an aithisg fios mu adhartas leis na Prìomh Dhealasan cho math ri obair-leasachaidh is imeachdan sam bith eile a ghabhar os làimh gach bliadhna. Bheir e dealbh air an ìre de ghabhail ri seirbheisean.

# Fios Thugainn





## Fios thugainn

Is e an t-oifigear as àirde dreuchd a tha an urra ri ullachadh, lìbhrigeadh is sgrùdadh Plana Gàidhlig BCPA:

Rosemary Everett  
Ceannard Sheirbheisean Ruigsinn  
Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba  
Pàrlamaid na h-Alba  
Dùn Èideann  
EH99 1SP

0131 348 5393  
rosemary.everett@scottish.parliament.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' phlana a chur gu:

Alasdair MacCaluim / Marc Mac an Fhilidh  
Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig  
Seirbheisean Ruigsinn  
Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba  
Pàrlamaid na h-Alba  
Dùn Èideann  
EH99 1SP

0131 348 5395  
gaidhlig@scottish.parliament.uk

© Dlighe-sgrìobhaidh Pàrlamaideach. Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba □□□□

□□□

Gheibhear fiosrachadh mu phoileasaidh dlighe-sgrìobhaidh Pàrlamaid na h-Alba air an làrach-lìn - [www.parlamaid-alba.org](http://www.parlamaid-alba.org)

---

Air a chur ri chèile agus air fhoillseachadh an Alba às leth Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba le Buidheann APS Alba

---

Tha na foillseachaidhean againn rim faighinn air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba aig:  
[www.parlamaid-alba.org](http://www.parlamaid-alba.org)

---

ISBN 978-1-78351-028-3

---